

TRI SEARMONAN

DE
C. H. SPURGEON

GAIDHEAL THÈSAGOLLOIDH

LE ALASTAIR MACDHUGHAILL

DEALACH TUNNACHAIDH

DUNDEE

CAATHOLACH TE LE FURIBHLE AGUS A' BHAIR

1892.

Hall. 252 lv

National Library of Scotland




B000477015

Jeanie Grant

38 Academy St.
Inverness.





TRI SEARMONAN

LE

C. H. SPURGEON

EADAR-THEANGAICHTE

LE ALASTAIR MACDHUGHAILL

GLEANN-URCHUDAINN

DUNEIDIN:

CLO-BHUAILTE LE TURNBULL AGUS SPEARS

1882.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

BRUADAR MNA PHILAIT.

“Agus an uair a bha e 'n a shuidhe air caithir a' bhreitheanais, chuir a bhean teachdaireachd d'a ionnsuidh, ag ràdh, Na bitheadh agad-sa gnothuch sam bith ris an fhrean sin : oir is mòr a dh' fhulaing mise an diugh ann am bruadar, air a shon-sòn.”—MATA. xxvii. 19.

BHA mi anabarrach iarratach air iomradh dheuchainnean ar Slànuidhir roimh dha fulang air a' chrann a leantuinn, ach air dhomh suidhe sìos a rannsachadh na cùise, fhuair mi mi féin gu h-iomlan neo-fhoghainteach air son na h-oibre. “'Nuair a smuainich mi air so a thuigsinn, bu chruaidh an gnothuch e ann am shùilibh.” Rinneadh m' inntinn a ghluasad cho ro mhòr, agus thàinig mo shealladh de dhoilgheas ar Tighearna gu bhì cho anabarrach beò, as gu'n do mhothaich mi gu feumainn an obair a thoirt thairis ré ùine. Cha b'urrainn mi faire a dheanamh maille ris ré aon ùair eile, agus gidheadh cha robh cridhe agam a b'urrainn an taisbeanadh naomh 'fhagail. Bha e, uime sin, 'na shaorsa dhomh coinneachadh ri iomradh mnà Philait agus a bruadar, leis an d'thugadh tiota beag a thaobh mi : tha e 'toirt cothruim dhomh air a bhì 'leantuinn mo sgeòil gun bhriseadh, agus gidheadh a bhì 'lasachadh a' gheur-mhothachaidh leis an d'rinneadh na h-aighe a theannachadh fo shealladh dlùth de dhoilgheas agus de nàire a' Mhaighstir. Dh'fhàilnich mo spiorad ri aghaidh an t-seallaidh eagalaich. Air leam gu faca mi e air a thoirt air ais o Herod far an d'rinneadh di-meas air leis na fir-chogaidh. Lean mi e troimh na sràidibh a rìs mar a ghabh na sagartan an-ìochduhor air an aghaidh troimh 'n dòmhladas 'ga thoirt air ais le cabhag do thalla Philait. Air leam gu'n cuala mi iad anns na sràidibh ag iarraidh Barabas, an fhir-reubainn, a chur fa sgaoil, 'an àite Iosa, an Slànuidhir, agus bheachdaich mi ceud éirigh a ghlaoidh eagalaich sin, “Ceus e, ceus e,” a bha ri sgreadail troimh 'n sgòrnanaibh fuilteach : agus feuch 'nam measg e, an neach a

ghràdhaich mi agus a thug e féin air mo shon, mar ùan 'am measg mhadadh-alluidh, gun neach a dheanadh iochd no cuid-eachadh. Rinn an sealladh mo chlaoidheadh, agus sin air mhodh àraidh air dhomh fios a bhi agam gu'm b'è an ath cheum gu'n deanadh Pilat, an déigh dha a neo-chiontas a chuir an céill le bhi 'g ràdh, "Cha-n'èil mi faotainn coire ann," a thoirt thairis do na ceusadairibh chum a sgiursadh, agus gu'n deanadh na saighdearan, air ghaol duais, a chrunadh le droigheann agus a mhaslachadh gun tròcair, agus gu'm bitheadh e air a thoirt 'am fianuis a' mhòr-shluaigh agus air a chomh-arachadh dhoibh leis an fhocal chianail sin, "Feuch an duine!" An robh bròn riamh cosmhuil r'a bhròn-san? 'An àite dhomh a dhol a labhairt uime air an là'n diugh tha mi 'g iarraidh a dheanamh amhuil càirdean Iob, mu'm bheil e sgrìobhta, air dhoibh scalladh fhaotainn dheth, "Thog iad an guth agus ghuil iad; agus shuidh iad sìos maille ris air an talamh seachd làithean agus seachd oidhchean, agus cha do labhair neach focal ris, oir chuamaic iad gu'n robh a dhoilgheas ro mhòr."

Fagaidh sinn am Maighstir tamull beag a dh'amharc air brúadar so mnà Philait, air nach 'èil na Sgrìobtuirean a' toirt iomraidh ach aon uair, agus sin le beul Mhata. Cha-n'èil fios agam c'arson is e an soisgeulach sin a mhain d'an d'thugadh ùghdarras chum a chur air chuimhne; theagamh gu'm b'esan a mhain a chual e; ach fòghnaidh an t-aon fhianuis d'ar creidimh, agus chuireadh na's leòir air chuimhne gu bhi 'toirt cleachdaidh d'ar beachd-smuaintibh. Tha sinn a' gabhail ris an iomradh air teisteanas an Spioraid Naoimh.

Rinn Pilat e féin a ghiùlain gu ro mhaslach ré aimsir 'uach-daranachd air fad. Bha e 'riaghladh nan Iudhach air dhòigh neo-chothromach, eucorach. Dh'fhairich an dà chuid na Galiléich agus na Samaritanich uamhas a chuid arm; oir cha do shòr e an casgradh 'nuair a thug iad an ionnsuidh a bu lugha air a chuing a thilgeadh bhàrr am muineal; agus 'am measg nan Iudhach féin rinn e daoine a chur a mach le biodagaibh a bhitheadh ri siubhal 'am measg nan comh-chruinneachadh mòra, leis an robh an dream a bha 'na aghaidh air an gearradh as. B'è buannachd a bha mar chrìch aige, agus b'è uamhar a bha 'riaghladh a spioraid. Aig a' cheart àm anns an robh Iosa o Nasaret air a thoirt 'na làthair bha casaid 'na aghaidh air a giùlan chum Thiberiuis an t-Ìmpire, agus bha cagal air gu'm bitheadh e air a thoirt gu cunntas air son gach eucoir, agus fòirneirt, agus mortaidh, a chuir e 'an gnìomh.

Bha a pheacaidhean aig an àm so a' tòiseachadh ri peanas a dheanamh air : mar a labhradh an Salmadair, " Bha aingidheachd agus lochd a shal ag iadhadh uime." Is e aon earrann eagalach de pheanas a' pheacaidh gu bheil e cumhachdach ann an cur duine thuige chum tuillidh aingidheachd a chur 'an gnìomh. Bha droch-bheartan Phìlait a nise ri ulfhartaich m'a thimchioll mar lodhainn-chon ; cha b'urrainn e aghaidh a chur orra, agus cha robh gràs aige a bheireadh dha teicheadh chum an aoin didein mhòir ; ach rinn a chuid eagalan a chuir air theicheadh rompa, agus cha d'fhàgadh slighe air bith fosgailte 'na amharc ach sin a rinn a threòrachadh a dh'ionnsuidh tuillidh ghràineileachdan ni's an-tromaichte fathast. Bha fios aige gu'n robh Iosa gun aon choire ann, agus gidheadh air do na h-Iudhaich an guth a thogail ag iarraidh a bhàis, bha e 'meas gu feumadh e an iartras a thoirt dhoibh, air neo gu'n deanadh iad cùis-chasaid eile a thogail 'na aghaidh féin, eadhon, nach robh e dileas do uachdaranachd Chesar, oir bhitheadh e 'cur duine fa sgaoil a bha 'g ràdh gu'm bu rìgh e féin. Nan tugadh e breth a réir ceartais cha bhitheadh eagal air roimh na h-àrd-shagartaibh agus na sgrìobhaichibh. Tha neo-chiontas misneachail, ach tha cionta gealtach. Rinn seann pheacaidhean Phìlait 'fhaotainn a mach agus 'fhagail lag-chuiseach 'an làthair a ghràisg shuaraich, a dheanadh e air sheol eile 'fhudach o chaithir a' bhreitheanais. Bha comas na's leòir aige an cur 'nan tosd, ach cha robh scasmhachd na's leòir ann air son an connsachadh a thoirt gu ceann ; dh'fhalbh neart o inntinn chionn gu'n robh fios aige nach seasadh a chliù dearbhadh rannsachaidh, agus bha eagal air gu'n cailleadh e a dhreuchd, a bha e 'cleachdadh a mhaire air son a chrìochan féin. Faic an sin le truas an creutair suarach, neo-sheasmhach sin ag aomadh thuig agus uaith 'an lathair dhaoine a bu mhiosa na e féin agus a bu ro shuidhichte 'nan rùn. Thug rùn suidhichte, borb nan sagart aingidh air scòltachd neo-sheasmhaich Phìlait fannachadh 'nan làthair, ionnus gu'n robh e air a chur thuige gu bhì 'deanamh ni a bhitheadh e toileach a sheachnadh.

Rinn dòigh agus briathran Iosa tomhas de dhrùghadh air Pilat. Tha mi'g ràdh dòigh Iosa, oir cha b'urraian e bhì nach do chomharaich an t-uachdaran a shèimheachd a bha gun choimeas mar ni a bha neo-ghnàthaichte ann am prìosanach. Ann an cuid a dh'Iudhaich a bhitheadh air an glacadh mar phrìosanaich chunnaic e misneach garg saobh-chreidimh ; ach cha robh saobh-chreidimh sam bith ann an Crìosd. Chunnaic

e mar an ceudna ann am mòran phrìosanach cleachdadh na h-inntinne suaraich sin a bhitheadh toileach ni sam bith a ràdh no a dheanamh chum faotainn as o'n bhàs ; ach cha-n fhac e ni sam bith dheth sin anns an Tighearn. Chunnaic e ann sèimheachd agus irioslachd neo-ghnàthaichte maille ri inbheachd fhìlathail, àird. Chunnaic e spiorad strìochdaidh maille ri neo-chiontas fhìor-ghlan a'faotainn cleachdaidh ann. Thug so do Philat a bhi 'mothachadh cia cho eagalach as a tha maitheas. Ann a bhi 'g amharc air an Ti so a bha gun choimeas 'na fhulangais, bha an sealladh a' drùghadh air—cha b'urrainn e a leasachadh. Os bàrr, rinn ar Tighearn fianuis air deadh aidmheil 'na làthair, agus ged a rinn Pilat an gnothuch a chur bhàrr a làimhe leis a' cheisd bheadaidh sin, “ Ciod i an fhìrinn ? ” agus pilltinn a stigh do thalla a' bhreitheanais, gidheadh bha saighead air a sàthadh ann nach b'urrainn e a chrathadh as. Theagamh nach robh ann ach saobh-chreidimh ; gidheadh bha eagal air ghluasad ann roimh neach a bha e leth-smuaineachadh a bhi 'na phearsa neo-ghnàthaichte. Mhothaich e gu'n robh e féin a' seasamh ann an suidheachadh neo-ghnàthach, anns gu'n d'iarradh air a bhi 'diteadh neach agus fios aige gu'n robh e gu h-ìomlán neo-chiontach. Bha a dhleasdanas soilleir na's leòir, cha b'urrainn sin a bhi gu bràth mar cheisd air ; ach cha robh ann an dleasdanas ach neo-ni do Philat 'an coimeas r'a chrìochaibh féin. B'urrainn e an t-Aon Cothromach a chaomhnadh nam foadadh sin a bhi deanta gun chunnart dha féin ; ach rinn a chuid eagalan gealtach a chuir thuige gu bhi 'dortadh na fola neo-chiontaich.

Aig an dearbh àm anns an robh e null agus a nall mar so 'an incheist, 'nuair a chuir e fa chomhair nan Iudhach roghainn a dheanamh eadar Barabas agus Iosa o Nasaret ;—aig an dearbh àm sin, tha sinn ag ràdh, 'nuair a shuidhe e sìos air caithir a' bhreitheanais, a' feitheamh gus an deanadh iad an roghainn, thàinig rabhadh thuige o làimh Dhé, agus sin rabhadh leis am bitheadh e gu bràth air a dheanamh soilleir, nam b'e's gu'n deanadh e Iosa a dhiteadh, gu'm bitheadh e deanta d'a shaor thoil le a làmhaibh ciontach féin. Is éigin do Iosa bàs fhaotainn le comhairle chinntich agus roimh-eòlas Dhé, agus gidheadh is éigin gu'm bi e air a cheusadh agus air a mharbhadh le làmhaibh dhroch dhaoine ; agus uaith so cha-n fheud Pilat peacachadh ann an aineolas. Thàinig rabhadh do Philat o bheul a mhnà féin tre a bruadar maidne, taisbeanadh anns an robh dlomhaireachd agus cuis-eagail, a' toirt rabhaidh dha gun

bheantuinn ris an fhìrean sin; “oir,” deir i, “is mòr a dh’fhulaing mise an diugh ann am bruadar air a shon-san.” Tha amannan ann am beath a’ chuid mhòr de dhaoineibh, anns am feudtadh a ràdh, ged a bha iad mar nach bu chòir dhoibh, gidheadh nach do leag iad an cridhe gu buileach air an olc, ach gu’n d’thàinig iad gu stad a dheanamh a ghabhail comhairle a thaobh an slighe; agus ’an sin rinn Dia ann am mòr thròcair rabhadh a chur thuca, a’ cur comharaidh air cunnart f’an comhair, a bha ’g àithneadh dhoibh stad a dheanamh ’nan slighe cuthaich mu’n deachaidh iad ’an coinneamh an cinn do sgrios iomlan. Is e suidheachadh éigin mar so anns am bheil stéidh ar teagaisg aig an àm a’ luidh. O gu’n deanadh Spiorad Dhé feumail do mhòran e.

I. Agus, anns a’ cheud àit, tha sinn a’ gairm ’ur n-aire a dh’ionnsuidh COMH-OIBREACHAIDH AN FHREASDAIL MAILLE RI OBAIR DHE. Tha sinn ag ràdh gur e obair Dhé rabhadh a thoirt do dhaoineibh an aghaidh a’ pheacaidh, agus tha sinn a’ gairm ’ur n-aire dh’ionnsuidh cheuman an Fhreasdail a’ comh-oibreachadh maille ris ann an rathad a bhi’ toirt bhacaidhean agus rabhaidhean tròcair Dhé le h-ùghdarras a dh’ionnsuidh inntinnean dhaoine.

Oir, anns a’ cheud àit, thugaibh fainear freasdal Dhé *ann an cur a’ bhruadair so*. Ma tha ni sam bith fo’n ghealaich a dh’fheudar a smuaineachadh a bhi saor o lagh sam bith, agus a bhi ’na ghineal air a bhreith o thuiteamas, is cinnteach gur e bruadar e. Tha e fìor, anns na laithibh o shean, gu’n robh bruadaran ann anns an do labhair Dia ri daoineibh ann an rathad faidheadaireachd; ach mar is trice cha-n ’eil annta ach ròicealachd nan smuaintean, smùidrich luaineach na h-inntinn, agus dannsa tuainealach na mi-riaghailt. A thaobh nam bruadaran a thigeadh gu nàdurra dh’ionnsuidh mnà uachdarain Romhanaich, cha mheasamaid gle choltach gu’m bitheadh mòran anmhuinneachd no coguis annta, no gu’m bitheadh iad gle bhuaileach air ruith dhiubh féin ann an slighe tròcair. Is iad bruadaran mar is trice anns am mò a gheibhear de mhi-riaghailt de na h-uile ni, agus gidheadh tha e coltach gu bheil iad air an riaghladh leis an Tighearn. Is urrainn mi gu maith a thuigsinn a thaobh gach aoin bhoinn uisge a leumas bhàr an tuinn a chaidh ’na spairtibh ri sgeir na tràighe, gu bheil a chuairt féin air a comharachadh dha cho cinnteach ri reultaibh nèimh; ach tha smuaintean dhaoine coltach ri bhi gu h-iomlan gun lagh, gu h-àraidh ’nuair a tha codal trom air luidh orra.

Bhitheadh e cho furasda slighe eoin anns an adhar a roimh-innseadh ri slighe bruidair. Is dealbhan luaineach, siùbhlach iad gun srian anna no srian ann dhoibh. Tha iomadh ni gu nàdurra a bheir cumadh do bhruidar. Tha iad gu tric an crochadh air sunnd na goile, air na dh'itheas agus na dh'òlas neach mu'n téid e gu fois. Tha an cruth aca gu tric o'n choir anns am bheil an corp no o luasgadh na h-inntinn. Feudar, gun amharus, cleachdadh a thoirt do bhruidaran le nithibh a tha tachairt ann an seòmar an tighe; gluasad beag air an leabadh 'nuair a tha carbad a' gabhail seachad, no tartar buidheinn dhaoine, no cois-cheum air an urlar, no eadhon an luch air cùl a' chailbhe,—feudaidh iad so uile cumadh a thoirt do bhruidar. Feudaidh ni beag sam bith a ghluaiseas na ceudfàidh aig an àm so sgaoth de smuaintean neònach a thogail anns an inntinn fo dhùsal. Ach cia b'e air bith ni a bha mar mheadhon ann an cùis na ban-tighearna so, bha làmh an fhreasdail anns an iomlan, agus ged a bha a h-inntinn saor gu ruith, mar gu'm b'ann, aig toil nan smuain, gidheadh cha do thionndaidh i taobh sam bith ach dìreach a réir toil Dé, chum a bhi 'coimhlionadh a rùin. Feumas i bruidar 'fhaicinn dìreach air a' mhodh so, agus cha-n ann air mhodh sam bith eile, agus feumaidh am bruidar sin a bhi dìreach de'n ghnè so agus cha-n ann de ghnè sam bith eile. Eadhon ann an tìr nan aislingean cha-n 'eil dia sam bith eile ach Dia, agus tha eadhon sgailean agus faileasan a' gabhail thuig agus uaith air 'aithne, cha mhò a dh'fheudas dealbhan aisling na h-oidheche dol as o ùghdarras a's àirde Dhé. Thugamaid fainear freasdal Dhé anns gu'm bitheadh bruidar mnà Philait, cia b'e air bith aobhar a bha aige o'n leth muigh, de'n dearbh chruth so agus gu'n tigeadh e aig a' cheart àm so. Tha cuid a sheann ùghdairean ag ràdh gu'n d'fhàinig am bruidar so d'a h-ionnsuidh o'n diabhail, 'an dòchas mar so gu'n deanadh e bàs ar Tighearn a bhacadh, agus le sin gu'm bacadh e ar saorsa. Cha-n'eil a' bheachd a' còrdadh rium; ach eadhon ged a robh a' chùis mar so, tha mi ni's ro mhò a' mòladh an riaghlaidh fhreasdail leis am bheil eadhon innleachdan Shàtain air an tionndaidh chum chrìochan a' ghliocais dhiadhaidh. Feumar rabhadh a thoirt do Philat, ionnus gur e a ghnìomh féin a bhitheas anns a' bhinn a bheir e mach, agus tha e 'faotainn an rabhaidh sin tre bhruidar na mnà. Is amhuil oibreachadh Freasdail.

Thugaibh fainear, a rìs, freasdal Dhé ann an riaghladh *gu'm bitheadh am bruidar so air 'fhaicinn ann am fulangas mhòr*

inntinn. “Is mòr a dh’fhulaing mise ann am bruadar air a shon-san!” Cha-n urrainn mi innseadh ciod e an taisbeanadh a ghabh seachad air sùil a h-inntinn, ach bu taisbeanadh e a thug cruaidh-ghleachd eagalach dhi. Theagamh gu fac i ’na codal sealladh eagalach a’ chrùn-sgithich agus an sgiùrsair, no eadhon gnìomh a’ cheusaidh agus piantan a’ bhàis; agus gu cinnteach cha-n aithne dhomh ni sam bith a’s dòcha toirt air a’ chridhe mòran nithe fhulang air son an Tighearn Iosa na sealladh a ghabhail de a bhàs. Tha doilgheas na’s leòir a’ cruinneachadh timchioll a’ chroinn-cheusaidh na dh’fhòghnas air son iomadh oidhche an-fhoisneach a chur seachad, ma dh’fhàgadh anmhuinneachd sam bith fathast anns an anam. No theagamh gu’n robh a bruadar gu h-iomlan de ghné eile. Theagamh gu fac i mar ann an taisbean an t-Aon Cothromach a’ teachd ann an neulaibh nèimh. Theagamh gu robh a h-inntinn ’ga fhaicinn air a’ chaithir mhòr gheal, eadhon an duine sin a bha a fear-posda gu bhi dìteadh gu bàs. Dh’fheudadh gu robh i ’faicinn a fir-posda air a thoirt chum breitheanais, e féin a nis ’na phrìosanach ’an làthair an Aoin Chothromaich, a sheas roimh so ’na làthairsan le coireannan air an cur as a leth. Dh’fheudadh gu’n do dhùisg i fo eagal roimh sgread a fir mar a thuit e sìos do’n t-slochd gun iochdar. Cia b’e air bith meadhon a bha ann, dh’fhulaing i mòran de nithibh anns a’ bhruadar, agus dhùisg i fo eagal agus uamhunn. Bha eagal na h-oidhche oire, agus bha e bagradh a bhi ’na chùis-eagail dhi ré a làithean uile, agus uime sin rinn i cablag a chumail air ais làimh a fir. A nis, ann an so tha làmh Dhé, agus tha an t-ìomradh so a’ dearbhadh gu bheil eadhon faileasan siùbhlach nan aisling oidhche ’na làimh, agus is urrainn e an deanamh ’nam meadhonaibh trioblaid agus àmhghair, ma tha sin gu bhi ’coimhlionadh crìche mòire àraidh.

Tha e coimh-ionann comharaichte *gu’n deanadh i an teachdaireachd sin a chuir a dh’ionnsuidh a fir*, “Na bitheadh agad-sa gnothuch sam bith ris an fhìrean sin.” A thaobh na cuid a’s mò de bhruadaran, tha sinn ’gan leigeadh gu h-iomlan as ar cuimhne; thig sinn thairis air cuid mar bhruadaran comharaichte, agus air uairibh feudaidh aon luidh air ar n-inntinnibh air am bi cuimhne againn air son bhliadhnaichean. Theagamh nach ’eil aon idir n’ur measg aig an robh bruadar a thug oirbh teachdaireachd a chur a dh’ionnsuidh breitheimh air caithir a’ bhreitheanais. Cha ghabhadh neach sin os làimh ach ann an cùis ro éigneach. Ged a b’e am breitheamh d’fhear-posda

féin bhitheadh tu air do chuir thuige gle chruaidh ma's cuireadh tu dragh air le do bhruadairibh 'nuair a bha e 'an ceann ghnòthuichean cudthromach eile. Mar is trice feudar bruadar a chuir a thaobh gus am bheil gach gnothuch eile seachad. Ach rinneadh a shamhuil sin de dhrùghadh air inntinn na ban-tighearna Romhanaich so as nach d'fhan i gus an d'thàinig a tighearn dhachaidh, ach chuir i thuige air ball. Tha a comhairle dian—"Na bitheadh agad-sa gnothuch sam bith ris an fhìrean sin." Feumas i rabhadh a thoirt dha gun dàil, ma's leag e buille air, gun idir tàmh gus am bheil a làmhan gu bhi 'na fhuil. Cha-n e "na bitheadh agad ach beagan gnothuich ris, agus leig air a chomas e," ach "na bitheadh agad gnothuch sam bith ris. Na labhair focal mi-chaoimhneil ris, agus na dean cron sam bith air. Dean a shaoradh o 'eascairdibh. Ma's éigin da bàsachadh,) na bitheadh sin idir aig do làmhaibh-san. M' fhir-posda, m' fhir-posda, m' fhir-posda, tha mi guidhe ort, na bitheadh agad-sa gnothuch sam bith ris an fhìrean sin. Leig leis, tha mi guidhe ort!" Tha i' cur a teachdaireachd ann an briathraibh ro dhrùighteach. "Na bitheadh agad-sa gnothuch sam bith ris an fhìrean sin: oir is mòr a dh'fhulaing mise ann am bruadar air a shonsan. Smuainich air do chéile! smuainich ort féin! Bitheadh m'fhulangais air son an Ti Naoimh so 'nan rabhadh dhuit. Air mo sgàth-sa na bitheadh gnothuch agad ris!" Agus gidheadh, am bheil fhios agaibh, cha-n 'eil mi gun a bhi 'meas a teachdaireachd rud-éigin ùghdarachd a' teach o mhnaoi d'a fear-posda, agus esan 'na bhreitheamh. Tha i 'cleachdadh dòigh-labhairt nach 'eil gu gnàthach r'a fhaotainn ann an còmh-radh bhan r'am fearaibh. "Na bitheadh agad-sa gnothuch sam bith ris an fhìrean sin; oir dh'fhulaing mise mòran an diugh ann am bruadar air a shon-san." Bha e 'na fhreasdal iongantach o Dhia gu'n robh a' bhan-tighearn so air a cur thuige gu bhi 'cur teachdaireachd cho dian chum a fir fhéin-thoileil, ionnus gu'n robh i a' tagradb, agus ag athchuinge, agus a' guidhe, seadh, ach robh bheag, ag àithneadh dha, an duine cothromach sin a chur fa sgaoil. O a Fhreasdail, cia cho cumhachdach as a dh'oibrichas tu! O Thighearna, tha na seraphim umhal dhuit, ach tha thu 'faotainn seirbhiseach a tha coimh-ionann umhal ann am bean a sheas a stigh, air d'àithne, eadar a fear-posda agus coire.

Aon uair eile, thugaibh fainear a thaobh an fhreasdail so *an t-àm àraidh anns an robh an rabhadh air teachd.* Bha e gu

soilleir 'na bhruadar na maidne: "Is mòr a dh'fhulaing mise an diugh ann am bruadar." Cha robh fad o bhris an là—bha e fathast moch de'n mhaduinn. Bha na Romhanaich de'n bheachd gu'n robh bruadaran na maidne fìrinneach. Tha mi saoil sinn gur ann an déigh d'a fear falbh a chunnaic i an aisling so. Ma dh'fheudas mi barail a thairgseadh, agus sin mar bharail a mhain, is e a's coltaiche gur e a bha innte céile d'an robh mòr ghràdh, ach anmhunn ann am pearsa, agus uime sin gu feumadh i fois a ghabhail ni's fhaide de'n là na a fear; agus air dha-san a fagail gu'n do chaidil i a rìs, agus air dhi a bhi de nàdur geur-mhothachail, agus uime sin ni's buailtiche do bhruadaran, dhùisg i o a codal maidne mar gu'm bitheadh i air a claidheadh le h-uamhunn nach b'urrainn i a chrathadh air falbh. Bha Pilat air falbh, agus dh'innseadh dhi gu'n robh e ann an talla a' bhreitheanais. Dh'fheòraich i d'a luchd-frithealaidh e'arson a bha e 'an sin cho tràth, agus fhreagair iad gu'n robh collaid neo-ghnàthach anns a' chlobhsa muigh, oir bha na h-àrd-shagartan agus gràisg sluaighe nan Iudhach ann an sin, agus chaidh an t-uachdaran a mach d'an ionnsuidh. Theagamh mar an ceudna gu'n d'innis iad dhi gu'n d'thugadh Iosa o Nasaret 'an sin 'na phrìosanach, agus bha na sagartan a' guidhe air Pilat a chur gu bàs ged a chuala iad an t-uachdaran ag ràdh nach d'fhuair e coire sam bith ann. "Falbh," deir i ri a ban-oglach, "gairm air duine de'n fhreiceadan, agus abair ris a dhol air ball a dh'ionnsuidh m' fhir, agus a ràdh mar a their mi riut. Deanadh e a ghuth a thogail, chum gu'n cluinn cuid de na h-Iudhaich an-ìochdmhor ciod a their e, agus gu'm bi iad air am pilleadh 'nan rùn; abradh e gu bheil mi' guidhe air m' fhear-posda gun ghnòthuch sam bith a ghabhail ris an fhìrean so, oir is mòr a dh'fhulaing mise air an dearbh mhaduinn so ann am bruadar air a shon-san." Thàinig an rabhadh d'a ionnsuidh, tha sibh a' faicinn, anns a' cheart thiotadh anns an do shuidhe e sìos air caithir a' bhreitheanais. 'Nuair a bha sàmhchair beag ann, agus a bha e iarratach air a phrìosanach a chur fa sgaoil, anns an dearbh àm sin anns am mò a bha de dhòchas bha an cothrom so air a thilgeadh ann an taobh ceart na meidhe, agus sin air dhòigh ro ghlic agus ro thròcaireach chum a bhi 'cumail làmhnan Phìlait o'n pheacadh mhòr. Thàinig an rabhadh, mar a their sinn, 'na thràth, ged a thàinig e, mo thruaigh, gu dlomhain! Deanamaid eagnuidheachd an Fhreasdail a mholadh. Cha-n 'eil Dia gu bràth roimh 'àm; cha-n 'eil e gu bràth tuilleadh

as anmoch. Bithidh e air 'fhaicinn a thaobh nan uile nithe a tha e deanamh gu'n d'fhàinig an coimhlionadh air an dearbh là a chomharaicheadh leis an fhàidheadaireachd. Tha m' anam mar gu'm b'ann a' seasamh agus a' criothnachadh am feadh a tha cliùthan glòire mo Dhé ann am bheul, neach aig am bheil a fhreasdal ro àrd, eadhon mar rothaibh Eseciel; ach tha na rothan làn de shùilibh, agus mar a tha iad a' tionndadh, tha na h-uile ni air am beachdachadh agus ulluchadh deanta f'an coinneamh, ionnus nach 'eil tuisleadh, no dearmad, no tuiteamas, no moille idir ann. Eagnuidh agus éifeachdach tha uile oibre an Tighearna.

An uiread so timchioll an Fhreasdail, agus tha mi 'saoilsinn gu'n cuir sibh uile bhur n-aonta ris gu bheil a' chùis air a dearbhadh—gu bheil am freasdal a ghnàth 'coimh-oibreachadh maille ri gràs Dhé. Tha sgrìobhaiche mòr àraidh, aig nach 'eil ach beag eòlas ann an nithibh na diadhachd, gidheadh ag innseadh dhuinn gu bheil e 'faicinn cumhachd anns an t-saoghal a tha 'g oibreachadh chum fìreantachd. Direach mar sin! Is maith a labhair e, oir is e so am prìomh chumhachd de na h-uile. 'Nuair a thèid thusa agus mise a mach a thoirt rabhaidh do dhaoine an aghaidh peacaidh, cha-n 'eil sinn 'n 'ar n-aonar, tha am Freasdal gu h-ìomlan aig ar cùl. 'Nuair a tha sinn a' searmonachadh Chrìosd air a cheusadh, tha sinn 'nar coimh-oibrichibh maille ri Dia; tha Dia cha-n e mhain ag oibreachadh leinn ach mar an ceudna maille ruinn. 'Nuair a tha sinn ag iarraidh a bhì 'toirt dearbh-shoilleireachd do dhaoineibh mu pheacadh agus mu fhìreantachd, tha gach ni a tha tachairt air a thrèorachadh chum na crìche air son am bheil sinn a' saothrachadh. Far am bheil Spiorad Dhé ag oibreachadh, 'an sin tha uile chumhachdan a' chruthachaidh agus an fhreasdail air an comh-chruinneachadh. 'Nuair a tha uachdaranachdan air an tilgadh sìos, agus aintighearnan air an glacadh le bàs, agus rìoghachdan as ùr ag éirigh, coimhcheangail air an deanamh no air am briseadh—cogaidhean eagalach ri fàsachadh agus gortan geura ri seargadh—tha iad so uile 'g oibreachadh chum na crìche mòire ceudna. Seadh, agus a thaobh ghnòthuichean teaghlaich, mar a tha bàs cloinne agus tinneas bhan, agus call oibre, agus bochduinn teaghlaich, agus mìle de nithibh eile, tha iad ag oibreachadh, ag oibreachadh, a' sìor-oibreachadh, air son leas dhaoine; agus 'an uair a tha thusa agus mise ag cur làimh ar n-anmhuinneachd bhochd ri obair Dhé, tha sinn a' siubhal ann an comh-chòrdadh ri uile chumhachdan an domhain.

Gabhaibh comh-hurtachd, ma seadh, anns na nithibh so. O a luchd-oibre air son Iosa, deanaibh mòran nithe fhulang air a shon, bitheadh deadh mhisneach agaibh, oir tha na reultan o'n slighibh àrda ri cogadh air son sheirbhiseach an Dé bheò, agus tha clachan na macharach ann an coimlicheangal ribh.

II. Anns an dara àit, tha mi' fòghlum o'n iomradh GU BHEIL A' CHOGUIS SO-RUIGSINN DO DHIA. Cionnus a tha sinn gu Pilat a ruigsinn? Cionnus a bheir sinn rabhadh dha? Chuir e cùl ri guth Iosa agus ri sealladh Iosa—nach fheudtadh Peadair fhaighinn a reusonachadh ris? Mo thruaighe! rinn e féin a Mhaighstir 'aicheadh. Nach fheudtadh Eoin a thoir a stigh? Dh'fhag eadhon esan an Tighearn. C'àite, ma seadh, am faighear teachdaire? Bithidh e air fhaotainn ann am bruadar. Gheibh Dia dh'ionnsuidh chridheachan dhaoine, cia b'è air bith mar a chruadhaicheadh iad. Na toir thairis iad gu bràth, na caill do mhisneach a thaobh an dùsgaidh. Ged a bhitheadh mo mhinistreibeachd-sa, agus do mhinistreibeachd-sa, agus ministreibeachd an Leabhair naoimh, coltach ri bhi gu h-uile gun tairbhe, is urrainn Dia a' choguis a ruigsinn le bruadar. Mur tig an claidheamh thuca mar gu'm b'ann r'am broilleach, gidheadh cha-n 'eil fhios nach fhaighear altan na lùirich le bogha air a tharraing air thuairimeas. Bu chòir dhuinn creidimh a chleachdadh ann an Dia a thaobh dhroch dhaoine, agus gun a ràdh gu bràth d'an taobh, "Tha e eu-comasach gu'n iompaichear iad." Is urrainn an Tighearn lebliatan a lotadh, oir tha 'airm-chogaidh ro lionmhor, agus tha iad deasaichte mu choinncamh a' nàmhaid. Cha-n 'eil mi 'smuaineachadh gu'n oibrichheadh bruadar air an inntinn *agam-sa* chum mo dhùsgadh; ach tha cuid a dh'inntinnean fosgailte d'a leithid sin, agus dhoibh-san feudaidh bruadar a bhi cumhachdach. Feudaidh Dia feum a dheanamh eadhon de shaobh-chreidimh dhaoine chum a bhi 'toirt coimhlionaidh d'a dheadh rùintean féin. Tha mòran a thuilleadh air Pilat d'an d'thugadh rabhadh tre bhruadairibh.

Ach ni's ro fhcarr, bha Pilat so-ruigsinn tre bhruadar *a mhnà féin*. Tha teagasg gle iongantach aig Eanruig Melbhil air a' chùis so, anns am bheil e 'g oidhirpeachadh a bhi 'nochdadh mar ni gle coltach, nam b'è Pilat féin aig an robh am bruadar so nach bitheadh e cho éifeachdach d'a thaobh as a bha e mar bhruadar a mhnà. Tha a 'smuaineachadh (agus cha-n urrainn neach sam bith 'aicheadh) gu'n robh bean ghràdhach, chaomh aig Pilat, d'an robh mòr thoil aige. Tha an t-aon eachdraidh ghoirrid a tha againn oirre gun amharus a' sealltuinn an taobh

sin; tha e soilleir gu'n robh mòr ghràdh aice d'a fear, agus uime sin bu mhiann leatha a bhacadh o ni sam bith mi-chothromach a thaobh Iosa. Uime sin, air do rabhadh a bhi air a chur le a làimh-san, bha coguis Philait air a ruigsinn air slighe nan aigne. Ma bha a bhean ghràdhach féin fo àmhghar, cha b'urrainn sin a bhi gun doilgheas throm dha-san; oir cha bu mhaith leis a faicinn fo thrioblaid. Bu mhiann leis bean a rùin a ghleidheadh o gach anail anshocair agus làn chomhfhurtachd a thoirt dhi, agus an uair a thagras i is e a thlachd strìochdadh: tha e, uime sin, 'na thrioblaid mhòr dha gu bheil i fulang, seadh, a' fulang gus an éigin dhi teachdaireachd a chuir thuige, agus sin a thaobh neach a tha airidh air deadh bheachd uatha—neach a thaobh am bheil fios aige féin gu bheil e gun choire. Ma's e 's gu'm b'i a bhan-tighearna so da rìreadh bean òige Philait, caomh agus air a gràdhachadh gu mòr, agus ma bha i ceum air cheum a' dol uaithe fa chomhair a shùilean fo bhuaidh a tinneis, thigeadh a gnùis bhàn gu h-ealamh ri aghaidh a chuimhne, agus bhitheadh cumhachd ro mhòr aig a briathran os a cheann 'nuair a thubhairt i, "Dh'fhulaing mi mòran nithe ann am bruadar." O Chludia Phrocula, ma's e sin a b'ainm dhuit, is maith a dh'earb Tighearn na tròcair a theachdaireachd ri do bhilibh impidheach, oir uait-sa thigeadh i le h-éifeachd dheich-fille. Tha beul-aithris dhaoine a' cur an céill gu'm bu bhan-Chriosdaidh a' bhan-tighearn so, agus tha an eaglais Ghreugach a' toirt urrainn dhi mar aon d'an cuid naoimh. Ach a thaobh so cha-n 'eil dearbhadh againn; is e na's aithne dhuinn gu'm b'i bean Philait, agus gu'n d'rinn i a h-ùghdarras bhanail a chleachdadh ann a bhi 'ga bhacadh o'n choire so. Nach tric a rinn bean chaomh, fhulangach, ghràdhach mòr chumhachd a chleachdadh os ceann duine neo-cheanalta, garbh! Is aithne do'n Ti a tha uile-ghlic so, agus uime sin tha e gu tric a' labhairt ri daoineibh peacach leis a' mheadhon éifeachdach so. Tha e 'g iompachadh aoine ann an teaghlach chum a bhi 'na teachdaire dha do'n chuid eile. Air a' mhodh so tha e 'labhairt le ni-éigin a's fearr na teangan dhaoine agus aingeal, oir tha e 'gnathachadh gràidh féin mar a mhinisteir. Tha gràdh ni's cumhachdaiche na deas-chainnt. Is e sin an t-aobhar, a charaid, gu'n d'thug Dia dhuit an leanabh gràidh sin ré ùine bhig a bha 'labhairt riut timchioll an Fhir-shaoraidh. Tha i a nis air dhol do nèamh, ach tha ceòl a laoidhean beaga ri seirm ann ad chluasaibh eadhon a nise, agus tha a còmhradh mu Iosa agus na h-ainglibh fathast

maille riut. Ghairmeadh ise dhachaidh; ach rinn Dia a cur hugad air son ùinc bhig chum do thàlaidh d'a ionnsuidh féin agus do thionndadh dh'ionnsuidh slighe na firinn. Air a' mhodh so dh'iarr e ort sguir de'n pheacadh agus tionndadh dh'ionnsuidh Chrìosd. Agus am mathair gràidh sin agad, a tha nise timchioll na rìgh-chaitheach, an cuimhne leat ciod a thubhairt i riut air dhi a bhi 'faotainn a' bhàis? Chuala tu mise mòran uairean, ach cha chuala tu searmon riamh uam cosmhuil ris an carail ud o leabadh a bàis. Cha-n urrainn thu gu bràth a dhi-chuimheachadh gu h-iomlan, no thu féin a shaoradh o'n bhuaidh a bha aig ort. Thoir an aire nach cuir thu 'am beag suim e. B'e teachdaireachd a mhnà rabhadh deireannach Dhé do Philat; bha eadhon Iosa 'na thosd 'na làthair an déigh so. O mo charaid, co aig am bheil fios nach e do leanabh, no do mhathair, no do bhean-phosda ghràdhach, teachdair deireannach Dhé dhuit, agus an ionnsuidh dheireannach air do thabhairt gu do chéill. Tha e tric a' tachairt gur e caraid gràdhach a' tagradh le deuraibh ionnsuidh dheireannach tròcair. Far am bheil a shamhuil so a dh'ionnsuidh a shuidhicheadh cho seòlta agus a chuireadh air aghaidh air dhòigh cho glic, feudar a meas mar oidhirp dheireannach gràidh air spiorad reasgach, agus 'na dhéigh sin fagar e d'a innleachdaibh féin. Gun teagamh sam bith rinneadh roghainn de'n bhean ann an gliocas agus ann an caomhalachd neo-chrìochnaich, chum nam bu chomasach e gu'm bitheadh stad air a chur air Pilat 'na dhroch shlighe agus gu'm bitheadh e air a near-tachadh gu bhi 'coimhionadh gnìomh ceartais leis an deanadh e a' choire a b'uamhasaich de na h-uile a sheachnadh.

Uime sin, feudaidh sinn gun amharus a chomh-dhùnadh gu bheil a theachdairean aig an Tighearn far nach urrainn teachdair gnàthach a' bhaile faotainn a stighe; cuiridh e a' chlànn bheag a dh'ùrnuigh agus a sheinn far nach cluinnear an searmonaich gu bràth; cuiridh e bean dhiadhaidh thuige a chur an céill an t-soisgeil le a bilibh agus a caithe-beatha far nach 'eil am Biobull air a leughadh idir. Cuiridh e nigheanag chaomh a dh'fhàs suas agus a chosnadh bràthar no athar far nach fheudtadh guth eile a chluinntinn a' toirt iomraidh air Iosa agus a ghràdh. Buidheachas do Dhia gu bheil a' chùis mar sin; tha e fagail dòchais a thaobh theaghlachan a' bhaile aingidh so,—tha e fagail dochais againn d'an taobh-san air son am bheil clag na Sabaid ri séirm gu dlomhain. Cluinnidh iad,

seadh, feumaidh iad na teachdairean so a chluinntinn 'nan tighean, a tha ri sior-tharruing air an cridheachan.

Seadh, agus a thuilleadh air so, ged nach deanadh Dia aon chuid bruadar no bean a ghnàthachadh, gidheadh ruigidh e coguisean dhaoine gun mheadhon faicsinneach sam bith ach *le smuaintibh a thig gun iarraidh agus a ni comhnuidh air an anam.* Far an robh firinnean air uairibh 'nan luidh fada as an t-sealladh, thig iad gu grad 'an uachdar, agus 'an uair a tha daoine ann an dearbh ghniomh a' pheacaidh cuirear stad orraans an t-slighe, amhuil Balaam 'nuair a choinnich an t-aingeal e. Is tric a thachair e gu'n d'rinn a' choguis gréim air duine ciontach eadhon anns an dearbh uair anns an robh e 'smuaineachadh a bhi 'mealtuinn buannachd na h-eucoire, eadhon mar a choinnich Eliah ri Ahab aig geata fion-lios Naboit. Ghrad chlisg an rìgh air ais 'nuair a chunnaic e am fàidh : b'e a roghainn an diabhuil féin fhaicinn air thoiseach air Eliah. Ghlaodh e le féirg, " An d'fhuair thu mi, O mo nàmhaid?" Ach, gun amharus, b'e Eliah a charaid a b'fherr, nam b'aithne dha sin. Tha choguis gu tric ri grad-leum air duine, dìreach an uair a tha gréim milis a' pheacaidh air a chur fo'n teangadh, agus a tha e suidh sios chum a bhi 'ga mhealtuinn : tha ciont a' tionndadh na meala a chaidh a ghoid gu searbhadas, agus an toil-inntinn thoirmisgte gu àmhghar. Tha a' choguis gu tric a' luidh mar leòmhan am folach ann an doire, agus an uair a ghabhas am peacach seachad air an t-slighe fharsuing bheir i grad-leum air, agus air son ùine tha e gu goirt air a chur thuige. Tha an droch dhuine cosmhuil ri lebhiatan, mum bhèil sinn a' leughadh gur iad a lannan 'uail, dùinte suas le chéile mar le seula daingean ; air chor as nach seas claidheamh an tì a bheanas ris ; an t-sleagh, an gath, no an lùireach ; agus gidheadh tha dòigh aig an Tighearn air teachd air agus a lotadh gu goirt. Uime sin, bitheadh dòchas againn agus bitheamaid ag ùrnuigh eadhon air son nan daoine a's miosa.

A bhràithrean agus a pheathraichean, deanaibh nì sam bith a thig 'n 'ur rathad a ghnàthachadh chum maith dhaoine. Gnàthaichibh cha-n e mhain argumaidean ciallach agus teagasg fallain, ach eadhon mu bhean bruadar ri bhur cridheachaibh, na bitheadh eagal oirbh a chur an céill far am feudadh buaidh a bhi aige. Feudar inneal sam bith a ghnàthachadh anns a' chogadh so. Ach thugaibh an aire, gach aon agaibh, gu bheil sibh ag iarraidh anama dhaoine. Bu chòir dhuibhse air mhodh àraidh a tha 'n 'ur mnathaibh-posda a bhi air bhur cur thuige

chum na h-oibre naoinh so. Cuimhnichibh bean Philait, agus smuainichibh oirre 'na gràdh a' toirt rabhaidh d'a fear, agus deanaibhse air mhodh cheudna. Na cumaibh gu bràth am focal air ais o fhear-posda neo-dhiadhaidh trid am feudadh e bhi air iompachadh o sheacharan a shlighe. Agus sibhse a chlann ghràdhach, sibhse a pheathraichean, na bitheadh eagal oirbh, 'n 'ur dòigh ciùin féin, a bhi 'n 'ur teachdairibh air son Iosa cia b'e air bith àit anns an tuit bhur crannchur. Agus d'ar taobh uile, thugamaid an aire gu'n dean sinn gach cothrom a ghnàthachadh air son a' pheacaidh a chumail fodha agus naomhachd a mhisneachadh. Thugamaid rabhadh do'n aingidh air ball; oir d'a thaobh-san chum am bheil sinn air ar cur theagamh nach d'rinn e an ciont millteach fathast a chur an gnìomh. Seasamaid anns a' bhearn am feadh a dh'fhàgadh àite fathast air son aithreachais. Tha Pilat eadhon 'na shuidhe air cathair a' bhreitheanais. Tha an ùine luachmhor. Dean cabhag! Dean cabhag, mun dean e fatbast cionta fola a thoirt air féin! Cuir an teachdaire thuige. Cuir stad air mun teid an gnìomh a choimhlionadh; eadhon ged a robh e diombach air son d'eargain. Abair ris, "Na bitheadh agadsa gnothuch sam bith ris an fhìrean sin: oir is mòr a dh'fhulaing mise air a shon, agus tha mi 'guidhe ort na dean ni sam bith 'na aghaidh."

Is e so ar dara ceann-teagasg. Gu'n deanadh Dia a bheannachadh; ged nach urrainn mise searmonachadh air mar a bu mhiann leam, is urrainn Spiorad Dhé cumhachd a chur ann.

III. Anns an treas àit, dh'fhagadh a nis againn an obair chionail a bhi toirt fainear GUR TRIC A THA EADHON NA MEADHONAN A'S FEARR AIR AM FAOTAINN GUN TAIRBHE. Ghabh mi orm a ràdh, a' labhairt a réir gnàth dhaoine, gu'n b'e am meadhon a b'fherr air son a bhi 'ruigsinn coguis Philait gu'm bitheadh a bhean féin air a treòrachadh gu bhi 'reusonachadh ris. Cha mhòr ris an éisdeadh e, ach dh'éisdeadh e rithe-san; agus gidheadh bha eadhon a rabhadh-san ann an dlomhain. Ciod e an reuson?

Anns a' cheud àit, bha *féin-bhuannachd* anns a' gnothuch, agus tha sin 'na ghnìomhaiche cumhachdach. Bha eagal air Pilat gu'n cailleadh e a dhreuchd mar uachdaran. Bhitheadh corruich air na h-Iudhaich mur tugadh e ùmhlachd d'an iarratus ain-ìochdmhor; dh'fheudadh iad casaid a thoirt 'na aghaidh do Thiberius, agus chailleadh e a shuidheachadh buannachdail. Mo thruaighe! tha an samhail so de nithibh a'

gleidheadh chuid agaibh eadhon a nise 'n 'ur braighdibh do'n pheacadh. Cha-n 'eil rathad agaibh air a bhi fìrinneach agus ceart, oir bhitheadh e ro chostail dhuibh. Is aithne dhuibh toil an Tighearna; is aithne dhuibh ciod a tha ceart; ach tha sibh a' cur cùil ri Criosd le bhi 'ga chur a thaobh, agus le bhi fantuinn ann an slighibh a' pheacaidh chum gu'n coisinn sibh a thuarasdal. Tha eagal oirbh nam bitheadh sibh 'n 'ur fìor Chrìosdaidhean gu'n cailleadh sibh deadh-ghean caraid àraidh, no taic duine neo-dhiadhaidh, no fabhar duine shaoibhir shaogh-altaich, agus cha-n 'eil rathad agaibh air. Tha sibh a' meas a' chostuis, agus a' saoilinn gu bheil e ro àrd. Tha sibh a' cur roimhe an saoghal a chosnadh, eadhon ged a chailleadh sibh bhur n-anaman! Ciod, ma seadh? Théid sibh a dh'ifrinn 'n 'ur daoineibh saoi-bhir! Nach bochd a' chrìoch sin! Am bheil sibh a' faicinn ni sam bith ion-mhiannaichte anns a' bhuanachd so? Oh gu'n tugadh sibh fainear bhur slighibh agus gu'n éisdeadh sibh ri guth a' ghliocais!

Bha tagradh a mhnà gu'n éifeachd, anns an dara àit, do bhrìgh gu'n robh Pilat 'na *ghealtair*. Ged a bha iomadh léigion shaighdearan air a chùl, gidheadh bha eagal air roimh ghràisg Iudhach,—eagal air aon phrìosanach bochd a leigeadh as agus fios aige gu'n robh e neo-chiontach; bha eagal air chionn gu'n robh fios aige nach giùlaineadh a chliù mòr rannsachadh. Bha e, gu modhannail, 'na *ghealtair*. Tha mòr-shluagh a' dol do ifrinn chionn nach 'eil misneach aca na ghleachdas air an aghaidh do nèamh. “Aig an dream a tha gealtach agus mi-chreideach bithidh an cuibhrionn anns an loch a tha 'dearg-lasadh le teine agus pronnusc; ni a's e an dara bàs.” Is amhuil a tha focal Dhé ag ràdh. Tha eagal orra roimh ghàir an amadain, agus le sin gabhaidh iad rompa chum maslaidh bhith-bhuan. Cha robh de mhisnich aca na sgaradh iad féin o sheann chompanaich, air eagal tuiteam fo bheum an teangan, agus uime sin cumaidh iad na companaich agus théid iad a dhìth maille riu. Cha-n 'eil de dhuinealas arnta na their “Ni h-eadh,” agus a shnàmh an aghaidh an t-sruth; tha iad 'nan creutairibh cho bochda, gealtach as gur docha leo bli cailte gu sìorruidh na aghaidh a chur air beagan fochaid.

Gidheadh am feadh a bha gealtachd ann am Pilat, bha *an-dànadas* ann mar an ceudna. Ged a bha eagal duine air agus eagal an ni a bha ceart a choimhlionadh, gidheadh bha *dànadas* ann na thug ciont na fola neochiontaich air féin. Oh, gealtachd Philait a' gabhail uisge agus ag ionnlad a làmhnan,

mar gu'm b'urrainn e fuil a nigheadh air falbh le h-uisge; agus an sin a ràdh, "Tha mise neo-chiontach de fhuil an fhirein so,"—a bha 'na bhreug,—“faicibh-sa sin.” Leis na briathraibh deireannach so thug e an fhuil air féin, oir thug e thairis am prìosanach d'an toil, agus cha b'urrainn iadsan làmh a chur ann mur d'rinn esan cead a thoirt dhoibh. Oh, an-dànadas Philait, gu'n deanadh e air a' mhodh so mortadh a chur an gnìomh agus gidheadh 'àicheadh. Is iongantach an coimh-mheasgadh de ghealtachd agus de mhìnich a gheibhear ann am mòran dhaoine; tha eagal orra roimh dhuine, ach cha-n 'eil eagal an Dé shiorruidh orra a's urrainn araon corp agus anam a mhilleadh ann an ifrinn. Is e so an t-aobhar nach 'eil daoine air an tèarnadh, eadhon far am bheil na meadhonan a's fearr air an gnàthachadh, do bhrìgh gu bheil iad an-dana, agus gu'n toir iad dùbhlán do'n Tighearn.

A thuilleadh air so, bha *inntinn-dhùbailt* ann am Pilat: bha cridhe agus cridhe aige. Bha cridhe aige an déigh sin a bha ceart, oir dh'iarr e Iosa a chur fa sgaoil; ach bha cridhe eile aige an déigh a bhuanachd, oir cha chuircadh e a dhreuchd 'an cunnart le diom nan Iudhach a mhosgladh 'na aghaidh féin, Tha mòran m'ar timchioll anns am bheil an inntinn-dhùbailt. Tha iad ann an so air a' mhaduinn so; ach c'àit an robh iad an raoir? Bithidh an t-searmon a' drùghadh oirbh an diugh; ach cionnus a ghabhas sibh a màireach ri còmhradh mi-bheusach no ri h-oran mhacnusach? Tha mòran dhaoine a' ruith dà rathad; tha coltach cùraim orra thaobh an anaman, ach tha iad mòran ni's dùrachdaich timchioll am buannachdan agus an toil-inntinnean. Is iongantach am fiaradh a th'ann an cridhe duine gu'n deanadh se e féin a reubadh 'na dhà chuid. Chuala sinn mu luchd-riaghlaidh an-ìochdmhor a bha ceangal dhaoine ri h-eachaibh fiadhaich agus 'gan tarruing as a chéile, ach tha an dream so a' deanamh sin orra féin. Cha leig an coguisan dhoibh an t-Sàbaid a dhearmad, no tigh na h-ùrnuigh a leigeadh dhiubh gu buileach; cha-n urrainn iad a bhì gu h-ìomlan mi-dhiadhaidh agus Dia 'àicheadh as an aodann; agus gidheadh leigidh an coguisan dhoibh a bhì 'nan cealgairean. Bu mhaith leò, gidheadh tha eagal orra. Dh'iar-radh iad am maith a dheanadh, ach bhitheadh an costus tuilleadh as mòr. Tha eagal orra iad féin a chur an cunnart, agus gidheadh théid iad an coinneamh a' chunnairt eagalaich a bhì air am fogradh gu bràth o làthaireachd Dhé do'n ionad o'm

bheil dòchas air a dhùnadh a mach. Oh gu'n robh mo bhriathran mar urchair á cuilbheir! Oh gu'n deanadh iad agadh chridheachan a thilgeadh bun os ceann! Oh gu feudainn labhairt mar thairneanach Dhé féin, a bheir air na h-éildibh an laoigh a thilgeadh, agus a bhriseas na creagan 'nam bloighdibh: is amhuil a bu mhiann leam rabhadh a thoirt do dhaoibh an aghaidh nan olc millteach a tha 'cur bacaidh air oidhirpean trècair, air chor as ged a tha bean duine féin, ann an caomh-ghràdh, ag guidhe air teicheadh o'n fhéirg a tha ri teachd, gidheadh gu bheil e 'deanamh roghainne d'a sgrìos féin.

IV. Anns an àite mu dheireadh, dh'fhagadh teagasg ni's ro eagalaich againn fathast, DITEADH UILE-MHILLTEACH NA DREAM A PHEACAICHEAS AIR A MHODH SO. Bha Pilat so ciontach os ceann gach uile leithsgeil. Rinn e gu suidhichte agus d' a shaor thoil féin Mac fireanta Dhé a dh'iteadh chum bàis, air dha fios fhaotainn gur e Mac Dhé a bha ann, agus air dha a thuigsinn an dà chuid o a cheasnachadh féin agus o a bhean gu'm b'fhèirean e.

Thugaibh fainear gu'n robh an teachdaireachd a fhuair e ro shoilleir. Thugadh i gun amharus tre bhruadar; ach cha-n 'eil ni sam bith cosmhuil ri brудар innte. Tha i cho soilleir as a dh'fheudas briathran a cur:—"Na bitheadh agadsa gnothuch sam bith ris an fhèirean sin: oir is mòr a dh'fhulaing mise an diugh ann am brудар air a shon-san." Dh'it e an Tighearn agus a shùilean fosgailte, agus is dòigh ro eagalach peacaidh sin. Oh, mo chàirdean ionmhuinn, am bheil mi a' labhairt, ri neach sam bith ann an so a tha 'cur roinne ni anabarrach peacach a chur an gnìomh, ach d'an d'thugadh rabhadh o chionn ùine ghoirid o Dhia? Bheirinn dhuit aon rabhadh eile. Tha mi guidhe ort air sgàth an Dé bheannaichte, air sgàth an t-Slànuighir a dh'fhulaing gu bàs, ma tha gràdh agad dhuit féin, ma tha gràdh agad dhise o'n d'fhàinig an rabhadh so theagamh dhuit, dean stad, agus cum air do làimh! Na dean an ni gràineil so! Is aithne dhuit ni's ro fhèarr. Cha-n 'eil an rabhadh a' tighinn thugad air dhòigh éigin dlomhair, dorch; ach tha e' labhairt riut as an aodann ann an cainnt ro shoilleir. Rinn Dia a' choguis a chuir thugad, agus rinn e solus a chuir innte, ionnus gu 'bheil i 'labhairt bhriathran so-thuigsinn riut. Tha searmon na maidne so a' cur stad ort air slighe a' pheacaidh, agus mar gu'm b'ann a' cur an daga ri do chluas, agus ag àithne dhuit scasamh agus do chuid a thoir

air lom. Ma ghluaiseas tu astar na h-òirlich, 's ann air chunnart d'anama. Am bheil thu 'g am chluinntinn? An toir thu aire do'n earail a chuireadh thugad o nèamh? Oh, gu seasadh tu tiotadh beag a dh'éisdeachd ciod a labhras Dia am feadh a tha e 'g iarraidh ort thu féin a thoirt suas do Chrìosd an diugh. Theagamh gur e *air no dheth* a bhitheas ann dhuit, mar a bha e do Philat air an là ud. Bha an droch ghniomh a bha eadar a làmhan air a chur an céill gu soilleir dha, agus uime sin ma 'ghabhas e air aghaidh, bithidh 'an-dànadas ro mhòr. Cha dubhairt a bhean ris, "Na bitheadh agadsa gnothuch ris an duine sin," ach "ris an *fhìrean* sin," agus bha am focal sin ri seirm 'na chluasaibh, ionnus gu'n robh e a rìs agus a rìs mar gu'n b'ann 'ga chluinntinn, gus an d'rinn e féin a ghnàthachadh mar an ceudna. Faic an ceathramh rann thar fhichead. 'Nuair a bha e 'g ionnlad a làmhan aingidh thubhairt e, "Tha mise neo-chiontach de fhuil an fhìrean so," —an dearbh ainm a thug a bhean féin d'ar Tighearn. Bha na sàighdean sàthta ann. Cha b'urrainn e an crathadh dheth. Mar fhiadh-bheathach aig an robh sleagh air a sàthadh 'na thaobh, ged a theich e mar a b'abhaist do'n fhrìth bha 'n lot eargnach fathast 'ga chràdh:—bha am focal "am firean sin" ri seirm 'na choguis. Air uairibh bheir Dia do dhuine am peacadh fhaicinn mar pheacadh, ionnus gu bheil a dhuaich-neachd fa chomhair a shùl; agus ma ghabhas e fathast air aghaidh 'na cheann, tha so tarruing cionta dhùbailte air féin, agus a' toirt dìtidh air a cheann féin os ceann staid Shodoim o shean.

Os barr, cha-n e mhain gu'n robh Pilat a' peacachadh an déigh rabhaidh shoilleir 'fhaotainn a bha 'nochdadh uanìharrachd a pheacaidh, ach bha e 'peacachadh an déigh d'a choguis a bhi air a gluasad tre na h-aigne. Is eagalach an ni peacachadh an aghaidh ùrnuigh mathar. Tha i seasamh ann ad shlighe; tha i 'sgaoileadh a mach a làmhan, agus le deuraibh a' cur an céill gu'n dean i do shlighe chum sgrios a dhruideadh. An gabh thu romhad do léir-sgrios seachad air a muineal? Tha i a' crùbadh, agus 'ga d'ghlacadh air do ghlùinibh, agus a' guidhe ort gun a bhi cailte! Am bheil thu do bhrùid cho mòr as gu'n saltair thu air a gràdh? Tha do leanabh féin theagamh a' cur impidh ort; an cur thu deur do leinibh 'an neo-shuim? Mo thruaighe, theagamh gu'n robh i aon uair agad, ach thug am bàs air falbh i, agus mu'n d'fhalbh i ghuidh i ort a leantuinn suas do nèamh. An tilg thu do naoidhean a thaobh mar gu'm

bitheadh annad cridhe Herod a' casgradh nan neo-chiontach, agus sin uile chum a bhi 'ga d'mhallachadh féin gu bràth agus a bhi 'na d'fhear-millidh ort féin? Is cruaidh leam a bhi 'labhairt riut air a' mhodh so. Ma tha na briathran so a' buntuinn ri neach agaibh gu pearsanta bithidh e cruaidh leibh a bhi 'gan éisdeachd; gun amharus, tha dòchas agam gu'm bi e cho cruaidh as gu'n abair sibh, "Is éigin dhomh strìochdadh do ghràdh a tha cur làmh annam le tagradh cho caomh."

Cha-n 'eil e 'na neònachas inntinn dhomh a bhi 'smuaineachadh, aig an là mhòr dheireannach, 'nuair a shuidheas Iosa air caithir a' bhreitheanais, agus a bhitheas Pilat air a thoirt a làthair gu breith a thoirt air air son nan gnìomharan a rinn e anns a' choluinn, gu'm bi a bhean féin 'na fianuis luath 'na aghaidh chum a dhètheadh. Is urrainn mi a smuaineachadh gu'm bi iomadh cùis eile cosmhuil ris r'azn faicinn air an là sin, 'nuair a bhitheas an dream a's mò aig an robh de ghràdh dhuinn air am factainn a' toirt nan dearbhadh a's cudthromaiche 'nar n-aghaidh, ma tha sinn fathast ann ar peacaidhean. Tha cuimhne agam mar a dhrùgh e orm mar òganach, 'nuair a thubhairt ar mathair ruinn, an déigh dhi slighe na slàinte a chur fa chomhair a cloinne, "Ma dhiùltas sibh Crìosd agus gu'n caillear sibh, cha-n urrainn mise tagradh air bhur son agus a ràdh gu bheil sibh neo-chiontach. Ni h-eadh, ach is éigin dhomh Amen a ràdh ri bhur dìtheadh." Cha b'urrainn mi *sin* a ghiùlain. An deanadh mo mhàthair féin Amen a chur ri mo dhètheadh? Agus gidheadh, a bhean Phìlait, ciod eile a's urrainn thusa a dheanamh? 'Nuair is éigin do na h-uile an fhèrinn a labhairt, ciod is urrainn thu a ràdh ach gu'n d'thug thu féin rabhadh caomh agus dùrachdach do d'fhear agus gidheadh gu'n d'thug e an Slànùighear thairis d'a nàimhdibh?

Oh, a luchd-eisdeachd neo-dhiadhaidh, tha m'anam air ghluasad 'n 'ur déigh. "Pillibh, pillibh, c'ar son a bhàsaicheas sibh?" C'ar son a pheacaicheas sibh an aghaidh an t-Slànùighir? Gu'n deònaicheadh Dia nach cur sibh cùl ri bhur slàinte féin, ach gu'm pill sibh a dh'ionnsuidh Chrìosd chum saorsa shìorruidh fhaotainn ann. "An ti a chreideas ann tha a' bheatha shìorruidh aige."

MEALLADH AIR A SGAOILEADH.

“Ged bhitheadh Noah, Daniel, agus Iob ann, mar is beò mise, tha an Tighearn Dia ag ràdh, cha saoradh iad aon chuid mac no nighean: cha saoradh iad ach an anaman féin le ’m fireantachd.”—ESEC. xiv. 20.

THA air innseadh dhuinn aig toiseach a’ chaibidil so gu’m d’thàinig cuid de sheanairibh Israeil a dh’ionnsuidh an fhàidh agus gu’n do shuidh iad m’a choinneamh. Cha-n ’eil aobhar a bhi feòraich co iad na seanairean a bha ann an so, no cia as a thàinig iad, chionn gu bheil e soilleir ni’s leòir nach bu teachdairean iad a chuireadh o na h-Iudhaich a dh’fhagadh ann an Iudah agus ann an Ierusalem; ach gu’m bu mhuinntir inbheach iad o mheasg bhràighdean Chebair. Tha sinn a’ fòghlum o’n fhreagrachd a thàinig d’an ionnsuidh le focal an Tighearna gu’m b’ann a dh’fheòraich ni-éigin de fhàidh an Tighearna a thàinig iad; agus dh’fheudamaid mar an ceudna fhòghluim o ghnè nam bagradh cagalach a chuireadh an céill ciod e an suidheachadh inntinn anns an d’thàinig iad a dh’fheòraich dheth. Is e bh’anns na daoine na dubh-chealgair; luchd-leanmhuinn nam fàidhean bréige a tha air an cur ’am follais anns a’ chaibideil roimh so mar mhuinntir a bha ’faicinn dlomhanais agus fiosachd bhréige, agus a bha a rìs ag ràdh, “Deir an Tighearn,” ’nuair nach do chuir an Tighearn a mach iad. Agus a nis tha na seanairean so a’ teachd a chòmhradh ri fìor fhàidh an Tighearna, agus mun d’fhuair iad cothrom air an teachdaireachd a chur an céill tha focal an Tighearna a’ rùsgadh an cridheachan fa chomhair an sùl. “Chuir na daoine so suas an ìodholan ’n an cridhe, agus chuir iad ceaptuislidh an aingidheachd fa’n comhair: an leig mise dhoibh air aon chor m’iarraidh?” D’an taobh-san a bha ’nan luchd ìodhol-aoraidh ’nan cridhe, agus gidheadh a thàinig a dh’iarraidh comhairle o’n Dia bheò, mar gu’m b’àill leò a bhi fòghluim a thoile, ged a bha iad a’ toirt dùbhlain d’a lagh, ciod a bh’ann ach am fochaid a bu mhaslaiche? Is e an smuain a bha ro

choltach a' luidh nan uchd agus a rinn an cur thuige gu teachd chum an fhàidh, so : a dh'aindeoin mar a rinn Eseciel aingidh-eachd na tire agus a luchid-àiteachaidh a chuir am follais, nach fheud e fathast a bhi coimh-sheasmhach ri treòcair an Tighearna am baile a chaomhnadh, mar a dheanadh e Sodom a chaomhnadh air eadar-ghuidhe Abraham, air sgàth nan beagan firean a dh'fhàgadh ann? B'e am freagradh, mar a tha fios agaibh, gun agadh sam bith, "Ni h-eadh." Tha sùil aig freagradh an Tighearna ris an t-sèathadh caibideil thar fhichead de Lebhiticus, agus tha na ceithir breitheanasan goirte leis an robh am fàsachadh gu bhi air a choimhlonadh air an ainmeachadh ann an comh-chuideachd an fhreagraidh, a tha air a chur an céill a rìs agus a rìs, gach aon ùair, mar a tha sinne meas, leis an ro thuilleadh dhian-chainnt,—“Ged a bhitheadh Noah, Daniel, agus Iob ann, mar is beò mise, tha an Tighearn Dia ag ràdh, cha saoradh iad aon chuid mac no nighean : cha saoradh iad ach an anaman féin le'm fireantachd.”

A nis, is i a' chrìoch àraidh a tha 'n am amharc air an fheasgair so a bhi a' tagradh, agus a' fosgladh suas, agus a' sparradh an aoin fhàrrinn eadar-dhealaichte so ann an riaghladh mhodhannail Dhé. Ann an uile cheumaibh a' bhreitheanais dhiadhaidh tha an riaghailte sin a' seasamh gun atharrachadh gu feum gach anam freagradh air a shon féin. Uaith so tha feum neo-sheachanta air diadhachd phearsanta,—feumaidh daoine agus mnathan a bhi 'g ùrnuigh air an son féin—feumaidh gach aon aithreachas a dheanamh air a shon féin, agus creidsinn air a shon féin, agus feumaidh gach aon 'na phearsa àraidh féin a bhi air a bhreth a rìs le oibreachadh éifeachdach Spioraid Dhé. Cha-n fheud aon duine seasamh air son duine eile ann an so. Is éigin do gach aon duine aire ghabhail d'a anam féin. “Dearbhadh gach neach 'obair féin . . . oir giùlainidh gach neach 'uallach féin,” agus feumaidh gach aon dhinn cunntas a thoirt uime féin aig caithir-breitheanais Chrìosd.

Am measg nan iomadh seòl anns am bi daoine 'glacadh comhfhurtachd dhoibh féin gun bharant no reuson a sheasas, cha-n e idir an seòl a's lugha croin gu'm bi cuid a' meas gu feud fireantachd an càirdean a bhi feumail dhoibh. Is clann iad aig an robh parantan comharaichte anns an diadhachd. “Is cinnteach,” deir iad, “nach urrainn *sinne* a bhi air ar call.” Tha iad ann an dàimh ri muinntir aig am bheil an ainm aithnichte, agus air am bheil cuimhne chùbhraidh 'am measg Chrìosdaidhean. Rugadh iad agus thogadh suas iad ann an

tigh air a choisrigeadh leis an aoradh theaghlaich ; bha iad air an altrum agus air an togail suas 'am measg na diadhachd. Tha iad gun amharus a' creidsinn d'an taobh-san a tha beò ann an cùl-sràidibh salach a' pheacaidh, agus a dh'fhàs suas gu bhi macnusach agus féin-thoileil, truailidh agus bradach, gu'm bi iad gu cinnteach cailte ; ach d'an taobh féin, a bha riamh a' gluasad gu modhannail, riaghailteach, a' eòimhead uile ord-uirghean na diadhachd o'n leth muigh, an urrainn iadsan a bhi air an cur air chùl ? Tha e cruaidh orra bhi 'smuaineachadh gu'm bitheadh e a réir riaghailte eartais an cur a thaobh gun eadar-dhealachadh air chor-éigin a bhi deanta as an leth. Ged nach abair iad sin ann am briathraibh, gidheadh tha iad gu h-uaigneach 'gam misneachadh féin a' saoilinn gu'n dean diadhachd an sinnsirean agus caithe-beatha riaghailteach am parantan freagairt air an son. Tha cuid eile aig am bheil tomhas eile de'n fhéin-mbealladh so, agus a tha 'smuaineachadh gu'm bi ùrnuighean an càirdean gràdhach air an éisdeachd air an son, ged nach fhaighear iad gu bràth ag ùrnuigh air an son féin. 'Nuair a thig am feuma r'an aghaidh gabhaidh iad misneach a' saoilinn gu'n bi ùrnuighean am màthraichean air am freagairt as an leth, no gu'n dean tagradh am mnathan beannachd a thoirt a nuas orra. Cha-n 'eil iad a' cur nan smuaintean so ann an cainnt ; b'fhèarr leam gu'n deanadh iad sin ; oir nam bitheadh muinntir a' cur an samhail so de smuaintibh ann am dubh agus geal, cha bu maith leò gu bràth gabhail riu mar an cuid féin ; bhitheadh amaideas na cùis ro shoilleir. Ach tha an dòchas sin a' snàmh gu h-uaigneach 'nan inntinnean, chionn gu'n deachaidh cho liuthad ùrnuigh a chuir suas air an son, gu feum beannachadh tighinn orra luath no mall. Cha téid iad féin air ghluasad a dh'iarraidh trècair an Tighearna, cha mhò a thréigcas iad am peacaidhean a dheanamh gréim air Criosd chum a bhi faotainn geallaidh a' mhaitheanas agus na sìthe, ach tha iad a' sior-bhruadar gu'n tachair ni-éigin iongantach dhoibh là air chor-éigin mar fhreagradh ùrnuigh sluaigh Dhé. Gun amharus, bithidh cuid dhiubh a bhitheas ro dhùrachdach ag iarraidh ùrnuighean nan creideach, ged nach lùb iad glùn gu bràth do Dhia air an son féin. Tha mo bhonn-teagasg 'na gharg-chronachadh air neach sam bith a tha 'g iarraidh fasgaidh fo aon idir de na dìdeanaibh-breige so. Tha mi 'g iarraidh caismeachd a sheirm agus am fògradh a mach as an ionadan-foilaich. Oh, gu'n dednaicheadh Dia a bhi 'deanamh fhocail féin éifeachdach chum na crìche so ! “Ged bhitheadh

Noah, Daniel, agus Iob ann, mar is beò mise, tha an Tighearn Dia ag ràdh, cha saoradh iad aon cluid mac no nighean : cha saoradh iad ach an anaman féin le'm fireantachd."

A nis, cha-n fheudar 'aiceadh nach 'eil cumhachd mòr anns an diadhachd, agus éifeachd mhòr ann an eadar-ghuidhe nan daoine diadhaidh ann an 'toirt a nuas bheannachdan saoihbhire air daoineibh. Tha sibh gle cheart ann a bhi 'g iarraidh ùrnuighean bhur càirdean diadhaidh. Tha sinn a' faotainn cadhon an abstoil Phòil ag ràdh, ann an ainm na ministreileachd naoimh uile, "A bhràithrean, deanaibh ùrnuigh air ar son-ne." Cha mhòr gur urrainn sibh sochair a's mò iarraidh o sheirbhisich Dhé na gu'n deanadh iad ùrnuigh air bhur son. Ach feudaidh iomadh suidheachadh a bhi ann a dh'fhagas ùrnuighean nan naomh gu h-iomlan gun éifeachd. Bha an samhail so a làthair a thaobh rioghachdan Israeil agus Iudah ann an làithibh Ieremiah. Chaidh iad air an aghaidh cho fada anns an ìodhol-aoraidh agus anns gach uile ghnè aingidheachd as gu'n dubhairt Dia nach éisdeadh e ri Maois agus ri Samuel, ged a sheasadh iad 'na làthair a thagraidh an cùis. Thubhairt e ri Ieremiah gu'n bu cho maith dha sguir a ghal agus a dh'ùrnuigh, chionn nach éisdeadh e gu bràth ris as leth an t-sluaigh sin ; agus ann an so le beul Eseciel tha e 'cur an cèill ged a bhitheadh triuir cho iongantach ri Noah, agus Daniel, agus Iob ann an comhbhoinn ag eadar-ghuidhe gidheadh nach éisdeadh e. Agus is anhuil a chùis aig an àm a tha làthair: ma dh'fhanas daoine 'nam peacaidhean—ma's e's gu'n diùlt iad an soisgeul an déigh a chluinntinn, ma mhùchas iad an coguisean, ma tha iad a' cur rompa an ana-miannan a shàsachadh, gun aithreachas a dheanamh agus gun philleadh dh'ionnsuidh Dhé—'an sin is ann a bhitheas diadhachd an càirdean 'na an-tromachadh air an ciont an àit a bhi air sheòl eile, agus bithidh an ùrnuighean cho mòr air am bacadh agus air am fagail gun tairbhe, as nach dean ni sam bith a' bhinn eagalach a philleadh—is éigin dhoibh bàsachadh. Cha do chreid iad gu pearsanta ann an Criosd agus cha do ghabh iad ris mar an Eadar-mhcadhonair, uime sin is éigin dhoibh bàsachadh. Rinn iad gach uile choslas dòchais a sgapadh le bhi 'cur cùil ri aon slighe na slàinte, agus is éigin doibh bàsachadh. Ged a robh an aithrichean rompa diadhaidh, agus ged a robh fuil nan naomh a' ruith 'nam feithean, is éigin doibh bàsachadh. Ged a bhitheadh teagasg fallain aca o bheul-aithris dhaoine, air teachd thruca o ghinealach gu ginealach, agus ged a robh cliù na diadhachd air teachd a nuas dhoibh

o'n sinnsearan gun smal, gidheadh ma dhiùltas iad Criosd is éigin dhoibh bàsachadh; agus ged a bhitheadh iad air am breth agus air an togail suas far am b'iad laoidhean naomha an òran-codail; gidheadh mur toir iad an cridheachan féin do Chriosd, ach an àite sin gu'n cur iad suas an ìodholan 'nan cridheachan, is éigin doibh bàsachadh—bàsachadh gu truagh le'n aingidheachd féin air an cinn. Nach bu mhac do Abraham Ismael? gidheadh cha d'thàinig e an leth stigh do'n choimh-cheangal. Nach bu leanabh do Isaac Esau? gidheadh cha d'fhuair e an oighreachd. Cha seas breith, no dàimh fola no teaghlach, ni sam bith anns a' chùis so.

Ann an so, ma seadh, tha dà phrìomh-fhèrrinn againn; agus bheir sinn an oidhirp, mar a ni Dia ar cuideachadh, air an cur gu soilleir fa chomhair bhur sùl. Anns a' cheud àit, *cha-n urrainn fireantachd nan daoine a's diadhaidh seasamh air son nan aingidh*; agus, anns an dara àit, *cha bhi tairbhe ann an tagradh nan luchd-ùrnuigh a's àirde ma bhuanaicheas daoine ann am mi-chreidimh*.

I. Anns a cheud àit, **CHA-N URRAINN FÌREANTACHD NAN DAOINE A'S DIADHAIDH SEASAMH AIR SON NAN AINGIDH.**

Tha so againn r'a dhearbhadh, agus tha sinn a' deanamh sin, anns a' cheud àit, le ar bonn-teagasg, a tha sinn ag iarraidh oirbh a leughadh air bhur son féin. Thugaibh fainear mar a tha corruich an Tighearna a' lasadh, agus mar a tha na briathran a' mosgladh am bagraidh mar pheileiribh tàirmeinich o bhilibh an Tì a's àirde. Tha an ràdh soilleir, agus an ni a th'air a smuaineachadh ann eagalach, ach is iad na mionnan leis am bheil briathran nèimh air an seuladh a tha 'nan cùis-uamhais. Tha comh-chruinneachadh thriuir àraidh air an smuaineachadh nach robh idir coltach ri tachairt, chum a bhi 'cur a' chudthruim a's mò air a ghnòthuich, agus gu bhi 'toirt neirt do'n chainnt nach urrainn a bhi air a mheudachadh. Tha da rìreadh air innseadh dhuinn ged a robh Noah, Daniel, agus Iob ann am meadhon Ierusalem, gidheadh nach saoradh diadhachd an triuir neach sam bith ach iad féin. B'fhearr leam gu'm b'ur-rainn mi bhur cuideachadh ann a bhi 'toirt seallaidh dhuibh de'n chùis so mar a ghabh e gun teagamh seachad air inntinn an fhàidh. Tha triuir de na naoimh, nach robh idir beò aig an aon àm, oir bha am beatha aca air an talamh fad o chéile a thaobh ùine agus an ionadan-comhnuidh, a' coinneachadh a chéile ri àm cruaidh - chàis eagalaich. Cha b'aithne do na sgrìobtuirean naomha anns na laithibh sin ainmean ni's

urramaiche, no reultan ni's soilleire, na Noah, Daniel, agus Iob. Tha an aigne uile air am mosgladh, tha an cridheachan 'nan aon, agus an ùrnuighean ag éirigh còmhla mar a tha iad a cromadh fa chomhair na h-altrach. Tha sinn mar gu'm b'ann ag amharc agus ag éisdeachd, a' criothnachadh eadar eagal agus dòchas, mar a ghabhas sinn sealladh de luchd-àiteachaidh truagha na cathrach a tha fo dhètheadh, agus a smuainicheas sinn air cor nam bràighdean a tha air an sàruchadh ann an tìr chéin. Cionnus a ghabhar ris an luchd-tagraidh dhùrachdach sin air son tròcair as an leth? Cluinneamaid a bhinn a' teachd a mach o'n rìgh-chaitir. Saoraidh iad an anaman féin le'm fireantachd; agus tuilleadh cha saor iad. Cha dean neach dhiubh uiread as a mhac no a nighean féin a shaoradh le 'eadar-ghuidhe. Cia mòr an caoineadh a tha 'g éirigh mar a tha bhinn do-atharrachaidh air a cur an cèill! Ach is iad na briathrau a's fhaide a tha leantuinn 'nam chluasaibh na mionnan eagalach, —“ Mar is beò mise, deir an Tighearn Dia.”

A ris, tha mi 'dol a dh'iarraidh oirbh cliù nan daoine diadhaidh so a bbeachdachadh ni's ro mhiona, a tha air an taisbeanadh a'tagradh cùis nan ciontach, agus a bha 'nan aobhar-iongantais cho mòr, do bhrìgh, a dh'aindeoin an eadar-ghuidhe, gu'n robh e uile gun tairbhe. Tha *Noah* 'na eisempleir comharaichte an eagail dhiadhaidh—“ eagal sin an Tighearna a's e tùs a ghliocais; ” ceart mar a bha Abraham 'na eisempleir creidimh, agus 'na athair nan creideach. Air do Noah eagal a ghabhail, dh'ulluich e àire chum tèarnadh a theaghlach. A dh'aindeoin fochaid a mhòr-shluaigh m'a thimchioll, thog e long mhòr air tìr tioram. Bha e 'na shearmonaiche fireantachd, agus ged nach robh iad ach tearc, ma bha neach idir ann, a dh'iompaicheadh le a shearmonachadh, gidheadh bhunaich e ré sé fichead bliadhna, a' deanamh mar a dh'àithne Dia dha, mar fhianuis an aghaidh nan aingidh. Cha bhi e furasda dhuinn duine ni's barraichte fhaotainn na dara athair so a' chinne-dhaoine o'm bheil sinn uile air teachd. A ris tha iomradh againn air *Daniel*. Bha e beò an ùair a sgrìobh Escciel: duine òg, tha mi a' saòilsinn, timchioll deich bliadhna fichead a dh'aois. Tha e gle iongantach gu'm bitheadh e air a chur a stigh mar so eadar Noah agus Iob—dithis dhaoine de'n t-seann saoghal. Bha gun teagamh mòr mheas air 'na ghinealach féin. Rinn Escciel fo dheachdadh an Spioraid Naoimh a chur còmhla riu-san a chuiradh air chuimhne anns an cachdraidh mar naoimh. Bu duine e air a ghràdhachadh gu ro mhòr le Dia,

agus gun teagamh bha e fo dheadh bheachd aig a luchd-muinntir féin. Ma's b'urrainn e àit a ghabhail mar aon de'n triuir chomharaichte so, dh'fheumadh e bhì gu'n robh beusan agus cliù aige os ceann sin a bha coitchionn do dhuine maith. Agus an uair a smuainicheas sinn air—'na dhilseachd ann an làithibh òige, 'nuair nach deanadh se c féin a thruaillleadh le biadh an rìgh—'na sheasmhachd ann an ùrnuigh mar dhuine, 'nuair a rinn e ùrnuigh mar a bu ghnàth leis agus uinneagan a sheòmaid fosgailte ri Ierusalem, ged a rinneadh e 'na choirc bàis le reachd an rìgh athcheuinge a chur suas ri Dia nan Eabh-ruidheach—tha da rìreadh eisempleir comharaichte duinealais againn. Tha mòralachd timchioll Dhaniel. Is esan Eoin an t-Sean-tiomnaidh. Is esan am fàidh a chunnaic taisbeanan Dhé amhuil a chunnaic aon taghta Phatmos. Tha na beusan mòra a tha 'ruinneachadh 'na shamhuil so de dhuine da rìreadh àraidh air bhur rannsachadh. Tha e cho gaisgeil a thaobh dleasdanas as gu bheil rìghrean a' toirt urrainn dha. Tha e cho naomh 'na choguis agus 'na chaithe-beatha as gu bheil Rìgh nan rìgh a' fosgladh nithe diamhair a riaghlaidh dha. Cha-n 'eil neach cosmhuil ri Daniel; "Gidheadh," deir Dia, "ged a robh Daniel a thuilleadh air Noah a' seasamh ann am làthair, cha deanadh 'fhìreantachd neach sam bith a shaoradh ach e féin." Chum an triuir a dheanamh suas tha *Iob* air 'ainmeachadh, a thaobh am bheil fianuis neo-mhearachdach againn gu'n robh e coimhionta agus dìreach. Cha b'urrainn Satan féin coire fhaotainn 'na chliù; ged a bha e 'cur as a leth, 'na ghamhlas ifrinneil, gu'n robh crìochan claona aige ann a bhì cho dìreach. "An ann a nasgaidh a tha eagal Dhé air *Iob*? Nach do chuir thu gàradh mu'n cuairt da féin, agus mu'n cuairt do gach nì a tha aige? Obair a làmh bheannaich thu, agus dh'fhàs a mhaoin mòr's an tìr. Ach cur a nis a mach do làmh, agus bean ris gach nì a th'aige, agus as an eudan mallaichidh e thu." Tha cuimhne agaibh nach d'rinn e Dia a mhallachadh, ach gu'n do bheannaich se c, agus fhuair a chreidimh buaidh air a fhrionas eadhon air òtrach a bhochdainn, 'nuair a chomhdaicheadh fheòil le neasgaidibh cràiteach, agus a lionadh a chridhe le h-àmhghar. Gun teagamh is eisempleir òirdheirceis *Iob*. "Chuala sibh mu fhoighidìn *Iob*." "Mo sheirbhiseach *Iob*," b'e so an t-ainm urramach a thugadh dha o'n Uile-chumhachdach. Os bàrr, rinn e cliù mòr a thoirt air, agus thug e beannachadh dùbailte dha aig crìch a dheuchainn. A nis, nam bitheadh aon idir de'n triuir so againn a' tagradh

air ar son mheasamaid e 'na thaic ro mhòr air ar taobh. Nam bitheadh a h-aon diubh againn mar ar coimhearsnach, no ar bràthair, no ar n-athair, agus nan seasadh fireantachd aoin duine air son duine eile, bhitheadh misneach againn fàsghadh a ghabhail fo sgiathaibh Noah, no Dhaniel, no Iob. Ach ann an so tha an Tighearn a' cur an céill ged a robh an triùir air an cur còmhla cha deanadh iad mac no nighean a shaoradh. Ni h-eadh, a chàirdean ionnhuinn, “Is éigin *duibh* a bhi air bhur breith a ris.” Is éigin do gach neach a bhi air a dheanamh fireanta air a shon féin, air neo, ged a robh na càirdean ud uile agaibh anns a' chùirt, mar nach 'eil, cha b'urrainn iad ceartas a thionndadh a thaobh, no an deadh-ghean a bu lugha fhaotainn air bhur son. Tha am bonn-teagasg'ga chur soilleir na's leòir—“Ged bhitheadh Noah, Daniel, agus Iob ann, mar is beò mise, tha an Tighearn Dia ag ràdh, cha saoradh iad aon chuid mac no nighean: cha saoradh iad ach an anaman féin le'm fireantachd.”

Feudar tuilleadh daingneachaidh a dheanamh air an fhìrinn so le bhi toirt fainear slighe an Fhreasdail a thaobh nithe na beatha so. Nan deanadh toilteanas chàirdean agus pharantan slàinte fhaotainn d'an luchd-dàimh, bhitheadh sùil againn ri bhi 'faicinn “mic no nighinn” duine dhiadhaidh air an dìon o làn pheanas an droch ghniomharan; ach tha dearbhadh againn nach 'eil a' chùis mar so. Bheir mi eisempleirean dhuibh o'n sgrìobtuir. Bha Maois dìleas 'na uile thigh mar sheirbhiseach. Bha bràthair aige Aaron, nach robh 'na dhuine cho mòr ris féin, gidheadh bha e 'na dhuine inbheach ann an naomhachd. Eisdibh, sibhse tha 'n 'ur mic nan daoine gràsmhor. Aig Aaron bha dithis mhac, agus ghabh urram an athar còmhnuidh orra, agus rinneadh iad 'nan sagartaibh an Dé a's ro àirde. Ach am bheil fios agaibh ciod a thàinig dhiubh? Air dhoibh anabharr fiona òl—mo thruaighe, cia mòr an rib e!—chaidh iad a stigh do naomh-ionad Dhé le teine coimheach, agus loisg teine Dhé Nadab agus Abihu, ged a bu mhic iad do Aaron. Agus ciod a thubhairt Aaron in'an timchioll? Tha sinn a' leughadh air a mhodh so, “Agus dh'fhan Aaron 'na thosd.” Cha b'urrainn e a bheag a ràdh. B'éigin da a cheann a chromadh an làthair Dhé. Bha fios aige nan deanadh eadhon leanabh àrd-shagairt Dhé an t-ionad naomh a thruaileadh, gu feumadh teine an Tighearna briseadh a mach 'na aghaidh. Uime sin tha sibh a' faicinn nach b'urrainn Aaron a mhic féin a dhion, agus an saoradh ann an là feirge an Tighearna.

Gabhaibh eisempleir eile coimh-ionann cionail. Bha mac

muileach aig Daibhidh, a thàinig gu bhi 'na nàmhaid an-
 iochdmhor d'a athair féin, agus a bhi 'g oidhirpeachadh gréim a
 dheanamh air an rìgh-chaithir leis a' cheannaire fhollaiseach.
 Gidheadh eadhon ann an iorghuill catha bu mhiann leis an rìgh
 sgiath na tèaruinteachd a sgaoileadh thairis air a leanabh féin.
 "Buinibh gu caoimhneil," deir e r'a cheannardaibh, "air mo
 sgàth-sa ris an òganach, ri Absalom." Tha cuimhne agaibh
 mar a theich e anns a' chath, ged a theich e gu dlomhain : rinn
 ceart-bhreitheanas gréim air. Bha a chiabhan anns an robh e
 'deanamh uaille air an glacadh ann an geugaibh craoibhe daraich,
 agus an sin chrochadh e. Agus, an sin mar a tha sibh a' cluinn-
 tinn Dhaibhidh a' glaochaich, "A mhic Absaloim ! a mhic, a
 mhic Absaloim ! O nach mise féin a fhuair bàs air do shon !"
 tha sibh a' faicinn nach deanadh eadhon fireantachd Dhaibhidh a
 mhac Absalom a shaoradh eadhon a thaobh na beatha so féin.

Nam bitheadh feum air tuilleadh dearbhaidh, dh'fheudamaid
 Iudas ainmeachadh dhuibh, a tha 'na eisempleir comharaichte,
 ged nach ann a thaobh dàimhe, gidheadh a thaobh comh-
 chuideachd. Bha Iudas ann an comh-chuideachd nan abstol a
 bha 'nam prionnsachan ann an eaglais Dhé, oir tha mi 'gairm
 sin dhiubh air dhoibh a nis a dhol suas chum an rìgh-chaith-
 richean. Seadh, tuilleadh fòs, bha e ann an comh-chuideachd
 a' Mhaighstir féin agus a' tumadh anns an aon mhéis ris an
 Fhear-shaoraidh. Gidheadh, tha sibh a' faicinn, nach b'urrainn
 fireantachd nan aon abstol deug Iudas a chòmhdach, agus, a
 chionn nach do chreid e ann, cha mho a chòmhdach fireantachd
 a Mhaighstir e. Agus mar sin fhuair an duine so bàs 'na ain-
 gidheachd.

Rinn mi iad so ainmeachadh dhuibh as a' Bhiobull. Nan
 deanainn mo chuimhne a rannsachadh, b'urrainn mi iomadh
 dearbhadh truagh a thoirt dhuibh air nach dean fireantachd an
 athar am mac a chòmhdach. Tha eagal orm gu'm bean mi ri
 mothachadh gle anmhunn a thaobh chuid de chàirdean a tha nis
 a làthair aig an bheil dearbhadh cianail 'uam mic féin air gu
 bheil a' chùis mar sin. Chunnaic mi searmonaiche an t-soisgeil
 aig an robh a mhac air a dhruideadh ann am prìosain. Bha
 eòlas agam air an athair mar mhinistear Chrìosd, agus a mhac 'na
 cheann-fheadhna luchd-àicheidh Dhé, no 'na phrìomh fhear-
 gnìomh ann an nithibh ro shalach agus mì-naomh air son an ainm-
 cachadh ann an so. Is iomadh leanabh nam parantan
 diadhaidh a thug e féin anns a' bheatha so gu bochduinn, agus
 masladh, agus euslaint, agus bàs. Is fìrinn mhuladach so, ach

is fìrinn a th' ann. Theagamh gu'n robh mòr choire aig a bhaile. Cha-n 'eil fios agam-sa—aig Dia tha fios—ach tha so air tachairt, gu'n robh daoine ann a bha, cho fad's a b'aithne dhuinne, 'nan daoine eadhon comharaichte anns an diadhachd, agus gidheadh aig an robh an crannchur truagh so—a bhi 'faicinn am mic agus an nigheanan ag oibreachadh aingidheachd le ciocras. Dia gu'n deanadh bhur saoradh o'n àmhghar so; ach tha na cùiscan so a' dearbhadh nach dean fireantachd nan daoine a's diadhaidh mac no nighean a chòmhdach.

Ach ciod am feum air son tuilleadh dearbhaidh? Feumar meidhean a' cheartais a chrochadh le làimh gun leth-bhreth. Cha-n 'eil spéis aig Dia do phearsaibh. Nam bitheadh a' chùis air sheòl eile, dh'fheudtadh ùmhlachd phearsanta do thoil Dhé a chuir a thaobh. Bhitheadh àireamh anns an t-saoghal so a leanadh an ain-diadhachd mar dblighe, a' tagradh mar leithsgeul an mi-naomhachd gu'n robh màthair dhiadhaidh aca, no gu'n robh cliù an athar mar Chrìosdaidh air an cùl; mar gu'm bitheadh saorsa àraidh aca a bhi beò mar a chitheadh iad iomchuidh chionn gu'n robh pàrantan diadhaidh aca. Am bu mhiann leibh a' chùis a bhi mar so? Cha bu mhiann leam-sa e. Mhcasainn e 'na shuidheachadh nithe a bha gle chunnartach. Buidheachas do Dhia, cha d'thug a cheartas diadhaidh saorsa riamh do pheacadh sam bith. Ma dh'itheas duine caorann searbh, air fhiacraibh-san bithidh déisinn. Thig fear an ana-caitheimh gu aithreachas a ghabhail á shlighe, agus thig e gu bochduinn, ged a robh athair 'na naomh de'n chliù a' s àirde. Ma ghabhas duine saorsa ann am mi-bheusan truailidh, fulaingidh e air a shon 'na chorp féin, ged a robh athair cho gràsmhor as a dh' fheudadh e. Ma chuireas duine a mheur anns an teine, loisgidh e *esan*; ma chuireas e an tuil air dheuchainn ri àm cunnairt, bàthaidh se e. Feudaidh e osnadh a thoirt uait a bhi 'smuaineachadh gu'n robh athair diadhaidh aige; ach cha-n fheudar laghan nàduir a chuir 'an neo-shuim. Ma théid thu 'nan aghaidh, 'na d'aghaidh théid iad.

Cha-n fheudar dàimh nàdurra, anns nach 'eil ach ni tachartach, a chuir an àite na fìor dhiadhachd. Cha-n 'eil ach amaideas ro mhòr ann a bhi 'meas gu'n deanadh fireantachd aoin duine ath-dhìoladh air son neo-mheasarachd duine eile. Ciod ged a bhithinn 'nam mhac d'a bhan-oglach, mar a tha mi toirt buidheachas do Dhia a tha mi, cha-n fheud mi cudthrom a leagadh air sin. Ged a robh m' athair 'na mhinisteir an t-soisgeil, agus

mo shean-athair mar an ceudna (tha mi 'toirt buidheachais do Dhia gu'n d'thugadh an gràs sin dhoibh), gidheadh cha-n fheud mi taic a leagadh air sin. Tha mi 'saoilsinn gur i an uaill a's suaraiche anns an t-saoghal a bhi 'deanamh uaill a sinnsireachd; oir cionnus air an t-saoghal a dh'fheudadh duine cliù a ghabhail dha féin a thaobh ni nach robh air dhòigh sam bith 'na bhuileachadh? Is ni e a bhuineas do fhrithealadh Dhé, agus ma fhuair duine e, c' arson a tha e ri uaill mar nach fhaigheadh se e. Ma shaoileas neach gu bheil gràs a ruith tre shinnsireachd, tha e'dol calg-dhireach an aghaidh fianuis Spiorad Dhé le beul Eoin, 'nuair a tha e'g ràdh a thaobh nan creideach gu'n robh iad "air an gineamhuin, cha-n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia." Feumaidh breith a bhi ann o Spiorad Dhé, air neo cha bhi tairbhe sam bith anns a' chud bhreith dhuinn. Cia b'c air bith inbhe chum am bheil sibh air bhur breith gu nàdurra, is éigin duibh a bhi air bhur breith a ris.

Nan gabhadh fìreantachd aoin duine leithsgeul neo-fhìrcantachd duine eile, an sin cha-n fheudtadh a ràdh tuilleadh gu feum gach anam seasamh air a shon féin. Tha thusa agus mise, a bha air ar breith am measg chomunn Chrìosdaidhean, cunntasach air son an t-soluis a tha sinn a' faotainn. Ma pheacaicheas sinn, tha an-tromachadh coimhcheangailte ris nach 'eil ann am peacadh mhuinntir eile. Ma dh'imicheas duine ann an seacharan an aghaidh eisempleir naoimh phàrantan, tha a pheacadh seachd-fìllte ni's an-tromaichte na sin a tha r'a' faotainn a thaobh neach a thogadh suas fo bhuaidh an eisempleir aingidh. Gun amharus, cha-n e peacach ni's lugha, ach peacach ni's ro mhò, a tha anns an duine a rugadh am measg na diadhachd, agus gidheadh a théid a thaobh o'n t-slighe chòir, agus a bhriscas na reachdan naomha, agus a dhiùltas an Slànuighear. Is e riaghailt an Sgrìobtuir,—dhasan d'an d'thugadh mòran iarran an tuilleadh air; agus feumaidh sinn a ràdh gach là ribhse a chlann nam pàrantan diadhaidh, ma thuiteas sibh, bithidh an t-àrdachadh a th'agaibh tre bhur sochairibh na mheadhon tuiteim ni's eagalaiche na tuitcam mhuinntir eile. Tha sinn ag ràdh ri bhur leithidse, "Is an-aoibhinn duit, a Bhetsaida; is an-aoibhinn duit, a Chorasin; is an-aoibhinn duit, a Chapernaum. Chunnaic sibh oibre cumhachdach Chrisod, agus nan robh muinntir eile air am faicinn, dheanadh iad aithreachas ann an saic-eudach agus 'an luathre, agus mur dean sibhse aithreachas,

is an-aoibhinn duibh!" Is amhuil teagasg focail Dhé. Ach a thaobh an teagaisg sin, gu'n dean maitheas aoine duine ath-dhioladh air son aingidheachd duine eile, cha-n 'eil ann ach fìor amaideas, gun a ràdh gu bheil e buileach aingidh.

Ged a tha e cruaidh, a chàirdcan ionmhuinn, feumar an fhìrinn so a ghiùlain ceum eile. Cha d'fhuair eadh fireantachd dheadh dhaoine foghainteach gu bhi tèarnadh an luchd-dàimhe o uamhasan an t-saoghail ri teachd. A thaobh so thig eisempleircan r'ar n-aghaidh air bheag rannsachaidh. Foisicheamaid aig an toiseach. Thugaibh fainear Cain. Co a bu bhràthair dha? Abel. Bu duine Abel aig an robh a chreidimh gabhta le Dia. An d'rinn sin Cain a shaoradh? Ni h-eadh, "bha e o'n droch aon, agus mharbh e a bhràthair. Agus c'ar son a mharbh se e? A chionn gu'n robh oibre féin olc, agus oibre a bhràthar fireanta." A Chain, c'ait am bheil thu a nochd? Am bheil thu ann ad shuidhe ann an so; agus am bheil thu 'saoilsinn gur urrainn do bhràthair a tha nise maille ri Dia air aon choir do bheannachadh? Cha-n fhead sin a bhi. Dean am mealladh sin a sgaoilcadh. Tha toiseach eachdraidh na fìrinn 'ga àicheadh. Tha an ceud dhithis mhac a rugadh do Adhamh a' fagail an t-saoghail air slighibh eadar-dhealaichte. Seallamaid a rìs ri Ismael. Thubhairt Abraham, athair, eadhon athair nan creideach, "O gu maireadh Ismael beò a' d'fhianuis!" gidheadh tha Ismael 'na dhearbhadh shamhladh air cloinn nàduir nach 'eil a' sealbhachadh a' bhèannachaidh a bhuineas do chloinn a' gheallaidh. Faic Esau, a rugadh aig an aon àm ri Iacob, clann an athar dhiadhaidh, gidheadh tha sinn a' leughadh a thaobh Esau, gu'm bu neach mi-naomh e. Cha-n 'eil diadhachd Isaac naoimh a' saoradh Esau. Faic Hophni agus Phinehas, sagartan Dhé a thaobh an dreuchd, ach a bha 'nam mic do Bheilial a thaobh an cliù. Bha an athair Eli, dh'aindeoin coire a fhuair eadh ann, 'na dhuine anns an robh eagal Dhé, gidheadh a thaobh a dhithis mhac, fhuair iad bàs 'nam peacaidhean, o nach b'urrainn iobairt no tabhartas an glanadh. Faic mar an ceudna Iehoram; bha athair, Iehosaphat 'na dhuine a bha d'a rircadh gràs-mhor, ged a phill e, mo thruaighe, a thaobh, a' dol 'an comh-bhoinn ri Ahab, agus a' posadh a mhic ri nighean na mnà sin Iesebel. Agus, ah mise, cia cho liuthad duine òg as a mhilleadh le an samhail so de phòsaidhean cunnartach! Air sgàth airgid, no gnothuichean saoghalta, no inbhe anns an t-saoghal, théid iad ann an aonadh posaidh ris na mi-chreidich. Bithidh cuid dhibh a' reiceadh

bhur nigheanan ris an diabhul chum gu'n dean iad pòsadh inbheach, 'nuair a tha fios agaibh gu bheil an cuing-cheangal neo-chothromach so air a thoirmeasg le àithne an t-soisgail. Tha an luchd-aideachaidh sin a' cur nàire orm a bhitheas a' toir an gnùis do'n ni so a tha 'na bhriscadh air àithne an Tighearna. Tha crionadh air an samhail so a phosaidhean anns an t-saoghal so féin, agus anns an t-saoghal ri teachd—ach, a thaobh sin, fagaidh sinn e fo chòmhdach. Bha caithe-beatha Ichoraim olc; bha a bhàs cràiteach, agus, a thaobh nàduir, roimh an àm; bha a chrìoch gun dòchas: gidheadh bu mhac e do Iehosaphat, a rinn an ni sin a bha ceart ann an sùilbh an Tighearna.

Tha sinn a' fòghlum mar an ceudna o'n chosamhlachd a labhair an Tighearn timchioll an duine shaoibhir a dh'fhosgail a shùilean ann an ifrinn agus a ghlaodh, "*Athair Abraham,*" cia cho teann as a ghleidheas daoine an gréim de'n smuain gu'n dean sinnsirean diadhaidh an cuideachadh. Mar aon de shliochd nàdurra Abraham, bha e sealtuinn air son truais agus saorsa eadhon ann an ionad na dòruinn. Och, gidheadh cha d'fhuair e eadhon boinne de'n uisge a dh'fhuarachadh a theangadh mar thoradh a thagraidh. Gabhaibh an rabhadh do 'ur n-ionnsuidh féin, a chàirdean, tha mi 'guidhe oirbh. Cia b'e air bith co dha is sliochd sibh, cha-n urrainn iad teine ifrinn a mhùchadh dhuibh. Mur bi creidimh pearsanta agaibh féin, agus ath-nuadhachadh pearsanta cridhe, ged a robh Noah, Daniel, agus Iob a' tagradh bhur cùis,—“Mar is beò mise, tha an Tighearn Dia ag ràdh, cha saoradh iad aon chuid mac no nighean: cha saoradh iad ach an anaman féin le'm fireantachd.”

II. Tha sinn a nis air teachd gus an dara ceann-teagasg. CHA-N FHOGHAINN URNUIGHEAN AN LUCHD-TAGRAIDH A'S AIRDE MA BHUANAICHEAS DAOINE ANN AM MI-CHREIDIMH. Nar leigeadh Dia gu'n deanainn neach sam bith a mhi-mhisneachadh o bhi 'g ùrnuigh air son am pàrantan, no an clann, no an càirdean. Na sguireamaid a dh'ùrnuigh air an son. Ach ma tha neach sam bith ann an so a' suidhe gu comhfhurtail 'na shuidheachan, agus ag ràdh, “Tha mo bhean-phosda ag ùrnuigh air mo shon; tha mo mhàthair ag ùrnuigh air mo shon; tha mo chlann ag ùrnuigh air mo shon; bithidh a' chùis gu maith maille rium rathad air chor-éigin, fòghnaidh an ùrnuighean air mo shon, gun aithreachas no creidimh air mo thaobh féin,” bu mhaith leam beantuinn ris air a' ghualainn, agus na briathran so a chur mar chagar 'na chluasaibh, “Ged bhitheadh Noah, Daniel, agus

Iob a' tagradh, cha shaoradh iad ach an anaman féin." Bha Noah gun teagamh 'na fhear-ùrnuigh; gidheadh cha do shaoradh a h-aon le ùrnuighean Noah ach an dream a chaidh a stigh do'n àirc; agus ged a bheireadh Dia dhuinne mar a shluagh gach ni a dh'iarramaid air, gidheadh cha-n iarramaid air sibhse a shaoradh mur creid sibh ann an Criosd. Ma tha sibh a' cur suas bhur n-ìodholan ann bhur cridheachaibh, agus a' gleidheadh ceap-tuislidh bhur n-ana-miann fa chomhair bhur sùl, cha-n fheud sinn ùrnuigh a dheanamh air bhur son gu'm bi sibh air bhur tèarnadh an aghaidh an t-soisgeil. Bha Daniel cumhachdach ann an ùrnuigh; ach cha b'urrainn na h-uile ni a rinn 'ùrnuighean riamh Israel a shaoradh o chrìochaibh millteach nan slighean amaideach ris an robh iad a' dlùth-leantuinn. Chaidh Ierusalem a sgrios, dh'aindeoin ùrnuighean Dhaniel, agus tha na h-Iudhaich air am fògradh 'am measg gach uile thir, dh'aindeoin mar a bha am fàidh naomh a' tagradh air son soirbheachaidh Shioin. Cha-n fheud sinn ùrnuigh a dheanamh ach a réir toil Dé; agus feumaidh sinn ùrnuigh a dheanamh gu'n tèarnar sibh ann an rathad suidhichte an Tighearna féin: cha-n fheud sinn iarraidh air a shligh a chaochladh air bhur son-san. Rinn Iob ùrnuigh air son a chàirdean, agus thugadh maithcanas dhoibh; ach, thugaibh faincar, cha d'rinneadh sin gun ìobairt. B'eigin doibh seachd tairbh òga agus seachd reitheachan a ghabhail dhoibh féin agus an ìobradh air an son féin, mun deachaidh gabhail ri ùrnuigh Iob as an leth. Ma ghabhas sibh ìobairt air bhur son féin—ma thairgeas sibh Criosd mar bhur n-ìobairt, an sin théid ar n-ùrnuighean-ne maille ri bhur n-ùrnuighean féin, agus beannaichcar sibh. Murdeanadh iad ìobairt a thairgseadh, cha-n fhòghnadh ùrnuighean Iob air an son. Feumaidh sibh creidsinn ann an Iosa le creidimh eadar-dhealaichte, pearsanta. Ged a bhitheadh an eaglais uile air thalamh a' cur suas aon ùrnuigh a ghnàth, agus a' buanachadh innte o ghinealach gu ginealach, cha b'urrainn sin aon duine mi-chreideach a shaoradh. Am feadh a tha e ann am mi-chreidimh tha fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air. Ma bhitheas sibh 'g 'ur toil-eachadh féin le dòchas meallta a' saòilsinn gu bheil a chùis air sheòl eile, tuitidh sibh fa dheòidh fo làimh an cu-dòchais. Cia cho comharaichte as a bha Maois ann an ùrnuigh am feadh a bha e cumail air a h-ais làimh Dhé, gus an do ghlaodh an Tighearna, "Leig dhomh, a chum gu'n sgrios mi iad." Ach bha Maois a' tagradh ris an Tighearna a Dhia le ùrnuigh dhùrachdaich, agus

bhuadhaich e. Gidheadh cha do phill eadhon Maois a bhinn air a h-ais a thàinig a mach air a ghinealach a thug e nios as an Eiphit. Thuit an coluinnean anns an fhasach, ach a mhain Iosua agus Caleb. Cha mhò a b'urrainn an dithis fhìrean sin aon anam a shaoradh ach iad féin. Cha b'urrainn uile eadar-ghuidhe Mhaois ginealach mi-chreideach a shaoradh: do bhrìgh nach do chreid iad fhuair iad uile bàs. A thaobh Shamuel, tha cuimhne agaibh mar a rinn e caoidh air son Shauil ris an do chuir Dia cùl; gus an dubhairt Dia ris, “Cia fhad a ni thu bron air son Shauil, agus gu'n do chuir mise cùl ris?” B'éigin da sguir dheth agus falbh a dh'ùngadh Dhaibhidh. Cha-n urrainn ùrnuighean an fhàidh dhiadhaidh an rìgh easumhal a shaoradh. Gun amharus, bu chòir da so gach aon dhibh a philleadh o mhuinghin dhìomhain a chur ann an ùrnuighibh mhuintir eile, agus bhur treòrachadh gu bhi 'g ùrnuigh air bhur son féin, agus amharc ri Crìosd air bhur son féin. Is muladach an leithsgeul ùrnuighean phàrantan air son an-danadais cloinne. Far am bheil comh-ghleachdadh ùrnuighean, naomh ri naomh, tha mòr-chumhachd an sin. Ach tha eas-àonachd ro mhòr ann an uair a tha'n t-anam a tha sinn ag iarraidh ri strì chum a bhi saor o gach cuing a mhain chum tuilleadh saorsa 'ghabhail anns gach uile pheacadh. Cuimh-nichibh, a chàirdean ionmhuinn, nach urrainn uile ùrnuighean nan daoine diadhaidh gu léir riaghailt na rioghachd a chaochladh. Agus ciod i riaghailt na rioghachd? Is e so aon de na riaghailtean, “Mur iompaichear sibh, agus mur bi sibh mar leanabanaibh nach téid sibh a steach do rioghachd néimh.” Ged a theireamaid gu'n deanadh Noah, agus Daniel, agus Iob, agus Maois, agus Samuel, agus Jeremiah,—an sèathnar sin—ùrnuigh ri Dia chum duine a leigeadh a steach do nèamh gun a bhi air a bhreith o shuas agus gun ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh, am bitheadh sin chum tairbhe sam bith? An saoil sibh gu'm bitheadh comh-shuidheachadh rioghachd néimh air a chaochladh air son an iarraidh-san? Cha bitheadh idir. Cha-n 'eil toil Dé air a h-aomadh le faoineas dhaoine. Seadh, ma ta, faicibh aon eile de riaghailtean na rioghachd, “Ge b'e 'chreideas agus a bhaistear, saorar e, ach ge b'e nach creid, ditear e.” A nis, nan deanadh Noah, Iob, agus Daniel uile ùrnuigh air son gu'm bitheadh an reachd so air a cur a thaobh, agus gu'm bitheadh ordugh air a chur 'na h-àite ni's coimh-fhreagarraich ri neònachas dhaoine bàsmhor, an saoil sibh gu'm bitheadh a chùis air a cheadachadh? Am bheil ar

glaoth ri Dia gu bhi ann an rathad gearain air na h-orduighean a shuidhich e? Feumaidh ar n-ùrnuighean a bhi strìochdta r'a fhocal, cha-n ann a' cur bun os ceann a ghliocais. Cha dean esan orduighean a rioghachd a chaochladh chionn gu bheil daoine air fàs reasgach : amhuil laghannan nam Médach agus nam Pearsach, cha-n fheadar 'orduighean a chaochladh a chaidh. Tha iad seasmhach gu bràth, agus gu bràth tha iad a' dùnadh a mach á rioghachd nèimh an dream a bhunaicheas ann am mi-chreidimh.

Ni h-eadh, a dhaoine, mur 'eil sibh air bhur deanamh réith ri Dia cha-n urrainn sibh comh-chomunn a bhi agaibh ris; mur 'eil sibh air bhur deanamh iomchuidh air a bhi 'n 'ur luchd-comhpairt de'n oighreachd cha-n urrainn sibh teachd gu bhi 'ga mealtuinn; cha b'urrainn sibh tarruing anail fhaotainn air nèamh, oir as eugmhais naomhachd cha-n fhaic neach sam bith Dia. Mur creid sibh ann an Iosa Crìosd, gheibh sibh bàs ann bhur peacaidhean.

Thugaibh fainear nach urrainn uile ùrnuighean nan naomh nàdur a' pheacaidh a chaochladh, agus mur urrainn iad sin a chaochladh, is éigin do'n mhuintir a bhunaicheas ann bàsachadh. Nan deanadh sinne coinneamh-ùrnuigh a chumail air son nach bitheadh duine a dheanadh a làmh a chur anns an teine air a losgadh, am bitheadh feum sam bith 'an sin? Ma tha duine nach urrainn snàmh a dheanamh cur roimhe gu'n leam e anns an amhuinn, ciod am feum a th'ann dhomhsa iarraidh oirbh uile ùrnuigh a dheanamh ri Dia gu'm bitheadh a bheatha air a caomhnadh? Ma tha duine gabhail roimhe a dh'òl a' phuinnsean, ciod am feum a th'ann an teachd an ceann a chéile a dh'ùrnuigh air son a bheatha, agus an nimh marbhtach 'ga sgrios? Ma shàthas e biodag 'na chridhe 's éigin da bàsachadh, mur toil le Dia ordugh nàduir a chaochladh. Tha slighe slàinte ann—"Creid ann an Iosa Crìosd agus bi beò;" mur gabh thusa sin, a charaide, c'ait am bheil thu? Am bheil thu ann ad amadain cho mòr as gu'n abair thu "Bithidh mi air mo shaoradh le ùrnuighean mo mhnà?" In ann a ni ùrnuighean do mhnà mar is docha do dhiteadh a sheulachadh. Eiridh iad ann am breitheanas ann ad aghaidh. Air do mhòran ùrnuighean a bhi air an cur suas air do shon, tha sin a' filleadh ann gu'n deachaidh do chomhairleachadh le iomadh impidh chaomh. Cha-n urrainn thusa a ràdh, "Cha robh neach ann a dh'fhèraicheadh air son m'anama." Bithidh ùrnuighean do mhathar ri seirm ann ad chluasaibh, agus a' mosgladh agartais

do choguis 'nuair nach d'fhàgadh tuillidh àit air son aithreachais. Cha bhi eadhon glaothaich nan anama cailte nì's ro eagalaiche dhuit na bhitheas e dhuit a bhi 'g ath-chuimhneachadh a deur agus a saothair air do shon. Oh, dean so a thoirt fainear. Is teine am peacadh, agus is éigin da losgadh. Is ifrinn am peacadh, agus feumaidh an duine a bhunaicheas ann a bhi air a phianadh leis. Cha-n 'eil leigheas air a' chuis. Ged a bhithheadh sinne ri h-ùrnuigh gun sguir, mur dcalaich thusa ris a pheacadh, cha dealaich léir-sgrìos riutsa. Mur faigh thu maitheanas tre ar Tighearn Iosa is éigin peanas a dheanamh ort.

Os barr, cha-n urrainn ùrnuighean dhaoine maithe suidheachadh an t-saoghail ri teachd a chaochladh, am feadh 's a dh'fhanas cùisean gun chaochladh anns an t-saoghal so féin. Tha so soilleir do neach sam bith a tha 'na chéill. Cha-n 'eil ann an lùchairtean sòghail agus prìosan nan geimhlean ach samhladh eutrom air nèamh agus ifrinn. Ciod e nèamh? Ionad-còmhnuidh nan spioradan coimhionta a chaidh ionnlad ann an fuil an Uain. Cionnus a dh'fheudar còir fhaotainn ann? Tha deasachadh ann nach fheudar a sheachnadh. Agus tha mi-iomchuidheachd ann nach fheudar 'aicheadh. Mar iochdaranaibh Breatuinneach tha còir againn air cùis-thagraidh a thoirt an làthair ar Ban-rìgh'ne, ach ciod am feum a bhith-eadh ann a dhol a dh'iarraidh oirre comharadh urraim a chur air broilleach fir-reubainn? No cionnus a dh'fheudar smuaineachadh gu'n gabh Dia ri ceannairceach 'am measg a luchd-muinntir rìoghail? Cha-n fheud e idir a bhi. Agus ciod e seadh no crìoch ifrinn ach so—gur éigin dha-san a leanas ris a' pheacadh àmbghar a bhi aige? Feumaidh an neach sin a bhi truagh a bhitheas 'na fhear-fuath air Dia. Is lagh neo-chaochlaidheach e gu'm bi an neach a tha maith sona, agus gu'n crìochnaich droch dhaoine luath no mall ann an truaigh. Feumaidh so a bhi. Na h-earb, ma seadh, á ùrnuighean mhuinntir eile, ach thig a dh'ionnsuidh Chrìosd air do shon féin, chum gu'm bi thu air do ghlanadh o'n pheacadh agus air do dheanamh iomchuidh air son rìoghachd nèimh.

Theagamh gu bheil thu 'g ràdh, "Cha do smuainich mi gu fòghnadh ùrnuigh chum mo chor atharrachadh gun atharrachadh coimh-fhreagarrach a bhi annam féin, ach shaoil leam le h-ùrnuigh gu'm bithinn rathad air chor-éigin air mo thoirt gu bhi creidsinn agus gu aithreachas a dheanamh dheoin no dh'aindeoin. Och, a dhuine, ciod an 'gne aithreachais agus creidimh a b'urraim a bhi ann air an dòigh sin? Cha-n fheudar a smuaineachadh gu bheil cridhe treibhdhireach

anns an duine sin a tha 'g ràdh, “Tha sùil agam ri dhol do nèamh, ged a tha e 'an aghaidh mo thoile féin.” Bu mhiann leat a bhi air do thoirt gu fuath a bhi agad do'n pheacadh an aghaidh do thoile? Tha sin neonach: am bheil thu gu bhi air do dheanamh gràdhach air fireantachd 'an aghaidh do thoil féin? Chuala mi mu aithrichean a bhi 'g ràdh gu feumadh an nigheanan neach àraidh a phosadh, ach bheirinn dùbhlán dhoibh a thoirt orra gràdh a bhi aca dhoibh an aghaidh an toile. Tha na cùisean sin ro fhìnealta gu bhi air an riaghladh leis an làimh làidir. Cha-n urrainn e a bhi. Cha mhò a tha an Spiorad Naomh féin a' gnàthachadh na làimhe làidir gu bhi cosnadh mhuinntir an aghaidh an toile. Tha cumhachd aige nach cur làimh sam bith ann an saorsa na toile leis an aom e an inntinn agus an toil gu caomh le h-impidh agus soillseachadh bheannaichte. Le bhi soillseachadh na tuigse tha e riaghladh na toile. Ach, creid mise, cha tig an là a bheirear do nèamh thu air do chluasaibh. Cha téid do cheangal gu bràth le h-iallaibh chum a bhi air do ghiùlan do nèamh mar a chi sinn mnathan misgeach air an giùlan air bord do'n phrìosain. An do smuainich thu riamh gu'n tarladh sin? An d'thàinig a samhail sin de bhreisleach riamh ann ad cheann, gu'm bitheadh tu rathad air chor-éigin, gu'n uiread as iarraidh air a shon, air do ghiùlan suas mar ann am brùadar chum glòire? Cha bhi e mar sin. Tionndaidh ris an Leabhar so agus faic. Cionnus a fluair am mac struidheil do thigh 'athar? An d'thug e deoch codail dha chum a cheangal agus a ghiùlan air falbh? Cha d'thug. Ach an toiseach bha e ocrach, agus dh'fheuch e ri bhrù a lionadh leis na plaosgaibh, ach cha b'urrainn e, agus mheudaicheadh 'ocras fathast, agus an sin thubhairt e, “Eiridh mi, agus théid mi gu tigh m' athar,” agus chaidh e dh'ionnsuidh athar. Seadh, bha an t-iomlan o ghràs, ach gidheadh dh'éirich e agus chaidh e dh'ionnsuidh 'athar. Bha an t-iomlan mar thoradh a ghràidh shiorruidh, gidheadh dh'fhag e na mucan agus dh'iarr e tigh 'athar. Bha an t-iomlan o thruas neo-chrìochnach; gidheadh smuainich e ann féin, agus rinn e roghainn de falbh; agus, tuilleadh na sin, dh'fhalbh e, agus chaidh e dh'ionnsuidh tigh 'athar. Rinn e so uile, agus an sin air bhi dha fathast fad uaithe choinnich 'athair e. A nis, creidibh mi, ged a tha mi a ghnàth 'searmonachadh gràis shaoir, agus shaoibhir, agus àrd-uachdaranaich le m' uile chridhe, gidheadh cha do thuig mi riamh, agus cha tuig mi gu bràth, gu bheil Dia 'buntuinn ruinn mar ri maide no ri cloich, 'gar sgoltadh agus 'gar

snaidheadh mar nach bitheadh beatha, no toil, no tuigse againn. Cha-n 'eil a chùis mar sin, agus cha-n 'eil ach amadana a bhitheas a' smuaineachadh air a' mhodh sin. Is daoine sibh, cha-n e spréidh bhalbha a tha ri iomain. Cha téid bhur tèarnadh mar asalaibh, ach mar dhaoinibh. Cha téid bhur tèarnadh mar eachaibh, agus mhuileidibh, agus chait, ach mar dhaoinibh agus mhnaibh aig am bheil tuigse. Is éigin duibh smuaineachadh, agus fuath a thoirt do'n pheacadh, agus glaothaich air son tròcair, agus creidsinn ann an Crìosd, agus mur dean sibh sin, bithidh sibh cailte. Cha-n 'eil ùrnuighean a chuireadh riamh suas a bhithcas chum tairbhe ann a bhi 'g' ur tèarnadh mur tig sibh féin gu bhi 'g earbsadh as an t-Slànighear, agus gu bhi fuathachadh peacaidh, agus gu bhi umhal d'a thoil.

A chàirdean ionmhuinn, am bheil sibh a' creidsinn so? Theagamh am measg a' choimhthionail mhòir a tha ann an so nach 'eil iad ach tearc d'am bheil na h-earailean so air mhodh àraidh freagarrach; ach smuainich mi gu fagainn na naoi caoraich deug agus an ceithir fichead anns an fhàsach—tha pailteas fèid ro mhilis air bhur son ann an ionadaibh uaigneach an fhocail—agus gu'n rachainn an déigh aoin éigin a chaidh air seacharan air an t-slighe so, oir tha déidh mhòr agam air d'fhaotainn. Oh gu'n deanadh an Spiorad beannaichte do pheacadh a dhearbhadh ort, agus do threorachadh gu bhi 'g ràdh, gu robh thu da rìreadh ann an slighe amaideach. Bha thu 'g earbsadh á sochair a bu chòir dhuit a ghnàthachadh chum crìch eile. Ach a nis, gu'n cuireadh tu romhad Dia iarraidh, agus do chridhe a strìochdadh do'n t-soisgeul beannaichte agus do mhuinghin a chur ann an ainm Iosa. Cuimhnich gu bheil fireantachd ann a dh'fheudas tu fhaotainn—fireantachd Iosa Crìosd a's urrainn do chòmhdach. Ged nach urrainn Noah, agus Daniel, agus Iob do shaoradh, 's urrainn Iosa sin a dheanamh. Tha eadar-ghuidh ann ris an éisdear air do shon—eadar-ghuidh neach a tha bèò agus a bha marbh, agus a tha nis a' deanamh eadar-ghuidh air son dhaoine, agus a tha comasach air tèarnadh gus a chuid a's fhaide mach an dream a thig dh'ionnsuidh Dhé trid-san. Thig, ma seadh, a dh'ionnsuidh Dhé d'a thrìd, agus bithidh 'eadar-ghuidh air do shon, agus bithidh e 'na shlàinte dhuit—bithidh 'fhireantachd air do shon, agus ni i do chòmhdach. Dia gu deònaicheadh e air sgàth an Fhir-shaoraidh ghaoil. Amen agus amen.

FRITHEALOIDHEAN DIADHAIDH RIS NACH ROBH SUIL.

“ An uair a rinn thu nithe iongantach ris nach robh suil againn, thàinig thu nuas ; ann ad làthair shruth na sléibh-tean sìos.”—ISA. lxiv. 3.

BHA sluagh Dhé ann an cor ro mhuladach 'nuair a bha an caibideil so 'gan cur an céill. Tha Isaiah 'gan taisbeanadh mar mhuinntir a thugadh chum na h-inbhe eagail agus doilgheis a b' isle. Tha e tagradh ri Dia air son a phobuill thaghta féin a philleadh, agus an sìth agus an soirbheachadh a bha aca roimh aiseag. Tha e gnàthachadh na chaidh seachad mar argumaid air son an àm ri teachd, agus a' cur an céill ghnìomh-aran iongantach Dhé anns na laithibh a dh'fhalbh gu bhì 'misneachadh an dòchais gu'n deanadh e an samhail a rìs. Mur bhitheadh gu bheil Dia neo-chaochlaidheach, cha b'urrainn sinn a bheag a chomh-dhùnadh o'n dòigh air an deachaidh buntuinn ruinn roimh ; ach a mhèud 's gu bheil e an ni ceudna an dé, an diugh, agus gu sìorruidh, feudaidh sinn gun mhearachd a chomh-dhùnadh gu'n dean e a rìs an ni a rinn e cheana. Thèir iad gu bheil eachdaireachd 'ga h-aithris féin ; bhitheadh tuilleadh firinn ann a bhì 'g ràdh gu bheil Dia a ghnàth an ni ceudna, gu bheil a shlighean sìorruidh, agus gu mair a throcair gu bràth. Uime sin tha e 'na dheadh thagradh agus fallain a ràdh, “ Rinn thu so agus sud, air an aobhar sin dean do ghàirdean a rùsgadh, agus aon uair eile thoir do do phobull gàirdeachas a dheanamh ann ad dhìlseachd agus ann ad chumhachd.”

Am feadh a dh'fheudas sinn uile so a dheanamh as leth eaglais Dhé, agus iomadh cuis-thagraidh fhaotainn 'na h-each-draidh anns an àm a dh'fhalbh, feudaidh sinn mar an ceudna a dheanamh d'ar taobh fein. Tha cuid 'nar meag air fàs ann

am bliadhnaichean, agus tha eolas againn air an t-Slànuighear o cheann deich bliadhna fichead no tuilleadh : bu chòir dhuinn iomadh aobhar a bhì air chuimhne againn air son a bhì 'cur ar muinghin ann, agus cha-n 'eil teagamh agam nach 'eil sin againn. Amhairceamaid air ar n-ais air an àm a dh'fhalbh, agus thugamaid fainear mar a rinn e ar n-euceartan a mhaitheadh, mar a rinn e ar cùl-sleamhnachadh a leigheas, mar a rinn e ar feuman a dheanamh suas, mar a rinn e dubhas ar gnùis a philleadh, agus ar laigsean a neartachadh : esan a's e ar Dia-ne is e Dia na slàinte e fathast, agus nì e ar beannachadh fathast, eadhon gu ruig na crìche. Do bhrìgh gur e an Tighearn mo bhuachaille, agus gu bheil e nise toirt orm luidhe sìos ann an cluainibh glasa, air an aobhar sin tha mi 'comhdhùnadh "gu'n lean gu cinnteach maith agus trocair mi uile laithean mo bheatha, agus gu'n còmhnuich mi ann an tigh an Tighearna fad mo làithean." Bithidh na dh'fheudas mi a labhairt air a mhaduinn so coimhcheangailte ris a phrìomh-fhìrinn so—gu feud sinn suil a bhì againn gu'm buin Dia ruinn anns an àm ri teachd mar a bhuin e ruinn anns an àm a dh'fhalbh.

Ach thigamaid nì's dlùithe air ar rùn. O'n bhonn-teagasg agus o'n choimh-theagasg, tha mi a' fòghluim, anns a' cheud àit, gur e làthaireachd *Dhé aon dòchas a phobuill*. Anns a' bhonn-teagasg so tha am fàidh a' labhairt mu Dhia a bhì 'deanamh nithe iongantach 'nuair a thàinig e nuas 'am measg a phobuill. Bheir sinn fainear, anns an dara àit, gu bheil làthaireachd *Dhé a' deanamh nithe ris nach robh suil* : rinn e "nithe ris nach robh suil againn : " bheir sinn fainear, anns an treas àit, gu bheil làthaireachd *Dhé a' oibreachadh nithe iongantach*,—"ann ad làthair shruth na sléibhtean sìos : " agus 'an sin, anns an àite mu dheireadh, thig sinn air ar n-ais a dh'ionnsuidh sin o'n d'fhalbh sinn, agus bheir sinn fainear *gu feud sinn suil a bhì againn ri an samhail de nithe a rìs o'u làthaireachd dhiadhaidh* ma tha sinn gu bhì 'ga mealtuinn.

I. Bheir sinn fainear, anns a' cheud àit, gur e LATHAIREACHD DHE AON DOCHAS A PHOBUILL. Tha am fàidh a' nochdadh gu'n robh e 'creidsinn so, oir aig toiseach a' chaibideil tha e gladhaich gu ro dhùrachdach ri Dia gu'n tigeadh e 'am measg a phobuill. "O gu'n reubadh tu o'chéile na nèamhan, gu'n tigeadh tu nuas." Beagan air thoiseach air an àite so —anns a' chuigeadh rann deug de'n chaibideil air thoiscach air so—bha e 'g ùrnuigh, "Seall a nuas o nèamh ;" ach is

comharadh e air an fhìor ùrnuigh gu bheil i fàs mar a tha i 'dol air a h-aghaidh: tha e tòiseachadh le bhì 'g iarraidh air Dia sealltuinn a nuas; ach mar a tha a chridhe a' blàthachadh agus a chreidimh a' fàs tha e ann an so a'glaothaich, "Thig a nuas." Tha e cho dian a' miannachadh gu'n tigeadh Dia, agus gu'n tigeadh e air ball, as gu bheil e labhairt ris mar ri fear-cogaidh a bha 'deanamh moille 'na bhùth am feadh a bha an cath ri h-iorghuill anns a' bhlàr, a bhithheadh cho dian a' ruith chum cuideachaidh a chàirdean as nach fanadh e a thoirt nan cùrtein o chéile, ach gu'n reubadh e slighe dha féin trompa, chum saorsa dhoibh-san a ghlaodh ris 'nan airc. "O gu'n reubadh tu o 'chéile na nèamhan:" na dean moille, a Dhé Mhòir, na fan ri dhol troimh 'n gheat nèamhnuid, ach reub o'chéile cùrtein gorm nan nèamh, agus thig a' tuirling o d'ionad àrd air sgiathaibh nan gaoithean cumhachdach, a dheanamh teasairgin air do phobull. 'Nuair a rinn ar Tighearn an t-slighe 'fhosgladh air am b'urrainn Dia teachd dh'ionnsuidh ciontaich bhochda de chloinn nan daoine, cha d'rinn e an cùrtein a thogail no 'fhilleadh suas; ach bha brat-roinn an teampuill air a reubadh 'na dhà chuid o mhullach gu 'lochdair, ionnus gu'n d'fhagadh an dorus fosgailte gu bràth; oir cha-n urrainn neach gu bràth am brat-roinn a chur suas na àite féin a ris. Is ann troimh na nèamhan fosgailte a chaidh Criosd a steach do'n ionad anns am bheil e nis a' seasamh a' tagradh air ar son, agus troimh na neamhan fosgailte sin thuirling an Spiorad Naomh a nuas a' dheanamh còmhnuidh air an eaglais. Tha nàdur dian an t-samhlaidh a tha am fàidh a' gnàthachadh ann an so a' nochdadh gu'n robh e 'meas làthaireachd Dhé mar an t-aon ni feumail do Israel. O Thighearna, cha-n e ar n-athchuinge riut gu'n tugadh tu air an talamh a chinneas a thoirt uaithe gu pailt, no gu'n cuireadh tu am meud ar saobhreas, no gu'n deanadh tu bàigh rìghrean na talmhainn a philleadh ri d'aobhar; ach thig féin agus dean do shluagh a bheannachadh, agus tuilleadh cha bhì dh'ìth orra. O gu'n tigeadh tu a nuas: seadh, thig gu grad. Nach e so ùrnuigh gach cridhe treibhdhireach ann an so d'an aithne feum na h-eaglais agus feum ar ginealaich? Cha-n e tuilleadh mhinisteirean a's mo 'tha dh'fheum oirnn, no tuilleadh luchd-teagaisg deas-bhriathrach, ach tuilleadh de làthaireachd Dhé. Cha-n 'eil feum againn air saobhreas anns an eaglais, no aitreabh greadhnach, no seirbhis sgeadaichte, ach is e ar n-ionndrain os ceann nan uile nithe gu'n deanadh an Dia a tha beò a phobull

'ùruchadh. Nan bitheadh an Tighearn 'nar measg, nam bitheadh caithream rìgh air a chluinntinn 'n ar camp, an sin rachadh ar n-armailtean a mach chum na buaidh, agus bhith-eadh ar naimhdean air an sgapadh.

Feudar a thuigsinn gu bheil miann an fhàidh aig an àm so làn chothromach o eachdraidh sluaigh Dhé anns na h-uile linn : oir an uair a bha na treubhan anns an Eiphit cìod a b'urrainn saorsa a thoirt dhoibh o'n daorsa chruaidh anns an robh iad ach làthaireachd Dhé ? Thubhairt an Tighearn, " Chunnaic mi gu cinnteach àmhghar mo shluaigh a tha 's an Eiphit, agus chuala mi 'n glaodh air son am maighstirean-oibre : oir is aithne dhomh an doilgheas." 'An sin thàinig an Tighearn a nuas 'gan saoradh, agus is aithne dhuibh na comharaidhean agus na h-iongantasan leis an d'rinn e fear-sàruchaidh uaibhreach na h-Eiphit a chlaoidheadh. Thubhairt Pharaoh, " Co e Iehobhah ? " ach fhuair e gu h-obann a fhreagradh 'nuair a thionndaidheadh na h-uisgeachan gu fuil, agus a dh'fhàs an duslach 'na mhialaibh ; 'nuair a thuit a phlaigh air an spréidh, agus a bha gach ni anns a' mhachair aon chuid air a bhualadh leis an tein-athair no air itheadh leis na locustaibh. Dh'fhòghluim Pharaoh agus a shluagh gu'n robh iad " mar theallach teine am measg connaidh, agus mar leus teine ann an sguuibh," 'nuair a thàinig Dia a nuas am measg a shluaigh a bha air an sàruchadh. Air do làthaireachd Dhé a bhi maille ri Maois agus ri Aaron thugadh a mach iad " le làimh chumhachdaich agus le gairdean sìnte mach." 'Nuair a dh'fhalbh iad air an oidhche ionraid-each sin, an déigh dhoibh a' chàisg 'itheadh, cìod e a rinn triall Israeil 'na chuis-eachdraidh cho mòr ? Nach b'e Iehobhah a threoraich iad anns an t-slighe ? 'Nuair a thàinig iad gu crìochaibh no Mara Ruaidhe le na creagan air gach taobh, agus feachd fheargach air an tòir, cìod a bha 'na dhìein dhoibh ach gu'n d'amhairc Dia a nuas o'n mheall neòil ; agus am feadh a rinn dealradh a ghnùis meadhon-oidhche a phobuill soillseach mar an là, dh'amhairc e o'n taobh neulach air na h-Eiphitich agus chuir e buaireas fodhpa, ionnus gu'n thuit na rothan o'n carbadaibh, air chor as gu'n do tharruingeadh iad gu trom ? B'e làthaireachd Dhé a chur sunnd ann an cosaibh Mhiriam agus nigheanan Israeil air taobh cìle na mara, 'nuair a ghlac iad an tiompanan anns an dannsa, agus a thog iad an guth, ag ràdh, " Canaibh do'n Tighearn, oir thug e buaidh gu glormhor ; an t-each agus a mharcach thilg e anns an fhairge." B'e làthaireachd Dhé a rinn uile e. B'e an Ti a rinn a chòmh-

nuidh rìoghail am measg an armailtean glòir an ncirt agus bratach an aoibhneis.

Is amhuil a bha 'nuair a ghabh iad an triall tre'n fhàsach aonaranach. Ciod a thug do Israel cinneachadh air a' ghain-eimh luim? Ciod a thug do'n chinneach mhòr an ìotadh a chasgadh o'n charaig? B'e làthaireachd Dhé a rinn an talamh 'na àilean uisgichte, agus an ailbhinn 'na chaochan gucagach. Ann am meadhon sheas am pailliuin, agus an sin shamhlaich-cadh làthaireachd Dhé dhoibh le dearsadh glòire o cadar na ceruban, agus b'e so a rinn Israel comharaichte am measg nan cinneach. Tha eachdraidh Israeil uile a' dearbhadh na fìrinne ceudna. B'e làthaireachd Dhé an glòir. 'Nuair a rinn iad doilgheas a chur air agus a bhrosnaich iad e, an sin rinn a chuid a bu laige de na cinnich tighearnas a ghabhail orra. Bha iad annta féin 'nan cinneach shuarach, lag-chuiseach; ach an uair a dhealraich Dia orra bha iad mòr am measg nan rìoghachdan, agus sgaoileadh slat-shuaicheantais Israeil o fhairge gu fairge. 'Nuair a sgrìobhadh air brataich Israeil, "Tha Dia maille ruinn," fhuair iad urram agus buaidh; ach as eugmhais Dhé cha b'urrainn iad ni sam bith a dheanamh.

A chàirdean ionmhuinn, a thaobh na fìrinne so a tha mar so air a dearbhadh le h-eachdraidh sluaigh Dhé o shean, tha i da rìreadh fìrinneach d'ar taobh-ne. Is e deadh-ghean Dhé dòchas a phobuill uile. Air tùs, tha sinn a' faicinn so ann am pearsa an Tighearna Iosa Criosd. O c'uine a fhuair thusa no mise riamh comhfhurtachd no dòchas a bhi gabhta le Dia, gus am faca sinn e maille ruinn anns an fheòil? Dh'fheumadh an saoghal a dhol am mugha mur tigeadh Dia a nuas d'a ionnsuidh ann an pearsa a Mhic gaoil féin. Ann am Betlehem chunnacas an diomhaireachd iongantach: an Diadhachd air a còmhach fo sgàil naoidhein. B'e so aite-breith dòchais.

Air a' mhodh cheudna, 'nuair a thig an Tighearn Iosa dh'ionnsuidh neach againn le a Spiorad tha ar dòchas a' tòiseachadh. Tha sinn 'ga faicinn mar ar Imanuel, agus tha comhfhurtachd againn.

Tha Dia 'gar tèarnadh le bhi teachd thugainn ann an Criosd le réite 'na làmhaibh, chum ar peacaidhean a chur air falbh.

Seadh, agus tha ar dòchas a thaobh foirfeachd ar slàinte a' luidh ann an teachd Chriosd d'ar n-ionnsuidh. Tha suil againn 'nuair a thig e aig an là dheircannach, ged a chitheadh ar cuir, truaillidheachd, agus ged a dheanadh a' chnuimh an cnàmh, gidheadh ann ar feòil gu faic sinn Dia. 'Nuair a thig, Criosd

an dara uair séididh trompaid an Ard-aingil, agus an sin gheibh sinn an uchd-mhacachd, eadhon, saorsa ar cuirp, air son am bheil sinn a nis a' feithcamh 'an dòchas. Do bhrìgh gu bheil esan beò bithidh sinne beò mar an ceudna, agus do bhrìgh gu'n tig e gu bhì air fhoillseachadh, bithidh sinne mar an ceudna air ar foillseachadh maille ris. Rinn ceud theachd ar Tighearna anns an fheòil slàinte shiorruidh a thoirt dhuinn; rinn a theachd thugainn le a Spiorad creidimh beò oibreachadh annainn, agus is e a dhara teachd ann an ùine ghearr cuspair mòr ar dòchais. Cha-n aithne do neach sam bith an là no an ùair sin, oir rinn an t-Athair a ghleidheadh 'na chomas féin; ach tha foirfeachd ar n-uile dhòchais fillte suas ann, agus uime sin tha sinn a' glodhaich, "Thig gu h-aithghearr, seadh, a Thighearna Iosa, thig gu h-aithghearr. Amen." Uime sin, a bhràithre, tha sibh a' faicinn gur e làthaireachd Dhé maille ruinn ann an Crìosd stéidh ar n-uile dhòchais.

Gus an tig an Tighearn 'na ghlòir, is e làthaireachd an Spioraid, Naoimh anns an eaglais air am bheil sinn gu h-ìomlan an crochadh air son soirbheachaidh anns gach oidhirp a bhitheas 'nar làmhaibh. Ma thig sinn an ceann a chéile chum ùrnuigh, is éigin duinn ùrnuigh a dheanamh anns an Spiorad Naomh, oir cha-n aithne dhuinn cìod a ghuidheamaid mar a bu chòir dhuinn gus an dean esan ar teagasg. Is cruaidh a bhì 'g ùrnuigh ri Dia nach 'eil a làthair: is e làthaireachd an Tighearna beatha na coinneamh-ùrnuigh. Mur 'eil an Tighearn an sin gu bhì tabhairt na h-ùrnuigh, cha-n 'eil e an sin gu bhì 'g eisdeachd na h-ùrnuigh. 'Nuair a tha sinne searmonachadh, cha-n 'eil ann ach fianuis bhochd mur 'eil ùngadh an Tighearna 'luidh oirnn, agus a làthaireachd 'gar cuairteachadh uile. Mur 'eil Spiorad an Tighearna maille ris an fhear-labhairt, theagamh gu'm bitheadh teanga bhalbh cho éifeachdach ris an t-searmon a bu dheas-bhriathraiche. Is amhuil a chùis a thaobh nan teachdairean a tha sinn a' cur uainn: bithidh an saothair ann an diomhain mur 'eil an Tighearn maille riu o thoiseach gu deircadh. Faodaidh gach aon diubh a ràdh, "Mur téid do Spiorad maille rium, na toir suas mi á so." Is diomhain a bhì 'cur dhaoine air leth, agus a bhì faotainn cuideachaidh o dhaoinibh, is diomhain an saothair, an airgìod, agus an eud, mur 'eil an Tighearn an sin. "As m' eugmhais-sa cha-n urrainn sibh aon ni a dheanamh," deir ar Tighearn o shean, agus tha an ni ceudna fìor gus an là'n diugh.

Tha làthaireachd Dhé neo-sheachanta do gach aon dhinn ma

tha sinn gu bli air ar tèarnadh. Is maith do'n mhac-struidheil éirigh agus a dhol chum 'athar, ach tha a thèarnadh an crochadh air gu bheil 'athair 'ga choinneachadh. " Air dha bhi fathast fada uaith, choinnich 'athair e, agus ghabh e truas mòr dheth, agus ruith e, agus thuit e air a mhuineal, agus phog se e : " b'e so a dhearbh shlàinte. Cha-n 'eil a chaoire chaillte air a faotainn gus am bheil am Buachail a' teachd d'a h-iounsuidh. Tha teachd Dhé dh'ionnsuidh duine a'toirt dearbh - shoilleireachd dha mu pheacadh : leanaidh e ri fhéin-fhireantachd gus an dean an Spiorad Naomh a choimh-éigneachadh gu bhi gabhail ri fianuis na firinn. Cha d'rinn cridhe cloiche riamh e fein a thionndadh gu feòil, cha mhò a thug sùil dhall riamh air falbh a doille fein. Is eigin do Dhia teachd ann an saorsa neo-chrìochnaich gràis, agus oibreachadh le cumhachd neo-chrìochnach gràidh, no fanaidh am peacach marbh marbh fathast, agus an inntinn dhall dall. Seadh, agus an deigh do'n obair toiseachadh, tha làthaireachd Dhe anns an anam feumail chum a cumail suas agus a' toirt air a h-aghaidh. Cha ghabh sinn ceum gu bràth a dh'ionnsuidh Dhe ach maille ri Dia. Tha eadhon an togradh a's anmhuinne d' a ionnsuidh air analachadh annainn le a Spiorad fein ; agus a thaobh oibre comharaichte gràis anns an anam, tha iad gu soilleir uile o Dhia, oir a thaobh neach sam bith a fhuair dearbhadh a' chreidimh, agus muinghin an dòchais, agus fein-choisrigeadh a ghraidh, cha d'rinn iad riamh an cur as leth ceann-aobhair sam bith eile ach Dia. Thugadh duine ionnsuidh air seirbhis a dheanamh do Dhia as eugmhais Dhé agus fàilnichidh e. Is e ar n-àit iomchuidh féin suidhe aig cosaibh Iosa : 'nuair a tha esan a'teagasg tha eòlas againn ; cha-n 'eil anns gach ni eile ach faoineas. 'Na chuideachd-san tha sinn sona agus feumail ; ach as eugmhais-san cha-n 'eil annainn ach fàilinnean truagha. Eadhon air nèamh fein is e làthaireachd Dhé tobar an aoibhneis agus na foirfeachd. Shuas an sud cha-n' cil feum aca air coinneal, no air solus na greine, do bhrìgh gu bheil an Tighearn Dia 'toirt soluis dhoibh : mur bitheadh esan 'nam measg bhitheadh e 'na ionad dorch mar sgàil a' bhàis. Tha an sluagh beannaichte sin ag òl á amhuinn a shòlasan ; cha-n 'eil sruthan eile ann leis an deanar cathair Dhé ait. Is e am beath a bheatha-san : is e an sonas a thoil-inntinn dhiadhaidh féin : tha iad 'dol a steach chum glòire Chrìosd, agus tha iad air an lionadh le h-aoibhneas Chrìosd. Nach 'eil e soilleir na's leòir gur e ar feum a's neo-sheachanta gu'm bitheadh Dia dlùth d'ar n-anamaibh ? " O m' anam,

feith thusa air Dia a mhain, oir ann-san tha mo dhòchas." Is i ùrnuigh Dhaibhidh a bhitheas agamsa: "Thig dlùth do m' anam, agus dean a shaoradh." "Is maith dhomh-sa tarruing dlùth do Dhia." O Thighearna, cuimhnich d'fhocal do d'òglach, — "Théid mo làthaireachd maille riut, agus bheir mi fois dhuit."

II. Is e an dara ni a bha mi air son a chur fa 'ur combhair, 'nuair a thig an Tighearna gu'n dean A LATHAIREACHD NITHE MORA OIBREACHADH RIS NACH ROBH SUIL: "'Nuair a rinn thu nithe iongantach *ris nach robh suil*, thàinig thu nuas."

Bha a' chùis riamh mar sin. Cia b'e air bith uair a tha Dia a' fiosrachadh dhaoine tha e ghnàth a' deanamh nithe ris nach robh suil. Eadhon d'an taobhsan aig an robh suil ri nithibh mòra, fhuair iad cùisean gu h-anabarrach os ceann an uile dhòchais; am feadh a bha luchd an dubhachais, agus a bha sealltuinn air son nithe doreha, air an glacadh ann an iongantais ri bhi faicinn maitheis an Tighearna. Thàinig Dia dh'ionnsuidh tigh Iacoib, agus reiccadh am mac a b'ionmhuinn leis mar thràill,—thugadh sios e do'n Eiphit le làimh nan Ismaelach. "Och," deir Iacob, 'nuair a smuainich e air so agus air a dheuchainnibh eile, "tha na nithe so uile 'n am aghaidh." Cha b'urrainn e thuigsinn gu'n robh maith ann an rùn an Tighearna 'nuair a ghlaodh e, "Ioseph cha mhaireann, agus Simeon cha mhaireann, agus Benjamin bheir sibh air falbh." Agus gidheadh bha Dia a' deanamh nithe mòra air a shon ris nach robh suil aige; oir chuireadh Ioseph air rìgh-chaitir na h-Eiphit chum ionad fasgaidh a dheasachadh d'a athair aosda agus d'a bhraithribh anns na làithibh anns am bitheadh gorta thar an tir uile. 'An sin b'urrainn e a ràdh riu, "Thig a nuas 'am ionnsuidh, na dean moille; gabhaidh tu còmhnuidh ann am fearann Ghosein, agus beathaichidh mise thu ann an sin." Bha Dia 'deanamh "nithe ris nach robh suil" air son Iacoib ionguineich. Cha bhi mi fantuinn a thoirt tuillidh eisempleir o eachdraidh sluaigh Dhé do bhrìgh gu'n tig iad ri'ur n-aghaidh féin. Bu tric a thubhairt iad, "Is tusa an Dia a tha 'deanamh nan iongantasan! Cò a tha cosmhuil riut?" Am bheil sibh a' meas gu'n do shaoil le cloinn Israeil riamh 'nuair a sheas iad ri taobh na Mara Ruaidhe gu'n gabhadh iad gu bràth troimpe air talamh tioram? Nuair a sheas iad air gaineamh loisgeach an fhàsaich an robh suil aca ri gabhail air an aghaidh fo chubhar sgàile ré an là uile? gidheadh rinn iad sin, oir bha am meall neòil 'gan dian o theas na gréine. An do smuainich iad gu'm bitheadh an

camp air a shoillseachadh ré na h-oidhche mar nach do shoill-sicheadh baile riamh roimhe, agus le solus nìs dealraiche na's urrainn sinne bhi againn? Gidheadh bha am meall teine 'na shoillseachadh mòr dhoibh. 'Nuair a bha ocras orra an robh sùil aca ri aran nan aingeal a thional ùr o na speuraibh? 'Nuair a bha tart orra an do mheas iad gu'm b'urrainn a' charraig a bhitheadh air a bualadh uisge 'am pailteas a fhrithealadh dhoibh? 'Nuair a lotadh iad le nathraichibh an do shaoil leò gu'n deanadh nathair umha leigheas dhoibh? 'Nuair a thàinig iad gu ruig na h-aimhne an robh sùil aca ri bhi faicinn seann Jordan a' teicheadh roimh chosan nan sagart? 'Nuair a chuir iad iad baile Iericho an do smuainich iad gu faicheadh iad na ballachan a' tuiteam sìos mu chluasaibh an luchd-àiteachaidh do bhrìgh gu'n do shéid na treubhan adhaircean reitheachan agus gu'n d'thug iad iolach? Ni h-eadh, ann an eachdraidh Israeil o thoiseach gu deireadh tha nithe mòra ris nach robh sùil agus tròcairean ris nach robh dòchas. Tha an Tighearn a' deanamh mhiorbhuilean mòra, agus tha a shluagh air an lionadh le h-iongantach agus aoibhneas.


Ach tha cùisean a' toirt barrachd orra so ann an oibrìbh gràis. Faiceamaid ciod a rinn Dia air ar son 'na thròcair gun choimeas. 'Nuair a sheas e aig geatachaibh Eden a' còmhradh ri Adhamh, agus a mhallaich e an talamh air sgàth an duine, am b'urrainn eadhon aingeal a smuaineachadh gu'n robh Dia a' cur roimhe a bhi taisbeanadh mòrachd a thròcair troimh so uile, ionnus far an do mheudaich am peacadh gur ann bu ro mhò a mheudaicheadh gràs? An d'thàinig e riamh ann an cridhe duine, no ann an cridhe aingil, a smuaineachadh gu'n tigeadh Mac Dhé a nuas chum a bhi air a bhreith anns an t-sliochd cheannairceich so? An do smuainich iad riamh gu faigheadh e bàs, am firean an àit nan neo-flurcan, chum daoine a thoirt gu Dia? An d'thàinig e riamh ann an smuaintibh chreutair sam bith gu'm bitheadh an duine peacach air 'uchd-mhacachadh fathast do'n teaghlach dhiadhaidh? Nach 'eil sibh 'ga mheas 'na ni anabarrach iongantach gu'm bitheadh daoine peacach air am breith a ris, agus air an uchd-mhacachadh do theaghlach Dhé?

“ Feuch ! saoihbreas iongantach a' ghràidh
Thug Dia ar slàinte dhuinn,
Peacach is truailidh fòs ged bha
Clann dha-san rinneadh dhinn.”

B'urram so ris nach robh sùil againn. Os bàrr, air do Dhia a chlànn a dheanamh dhinn, an do smuainich sinn riamh gu'n deanadh e oighreachan dhinn? Gidheadh tha e'g ràdh, "Ma's clann, is oighreachan; oighreachan air Dia, agus comh-oighreachan maille ri Criosd." An d'fhàinig e riamh ann an cridhe duine a smuaineachadh gu'm bitheadh an eaglais pòsda ri Criosd, agus sin ann an ceangal a' ghràidh shiorruidh? An d'fhàinig e riamh ann an inntinn creutair tuigseach sam bith gu'n deanadh Dia nàdur bochd, leagta an duine a thogail suas heum suidh ann am pearsa Chriosd aig a dheas làimh féin? Is maith a dh'fheadadh Daibhidh a ràdh, "Ciod e an duine gu'm bitheadh tusa cuimhneachail air, agus mac an duine gu'm fiosraicheadh tu e?" Thug thu uachdaranachd dha so ceann oibre do làmh. Tha so iongantach.

A bhraithre, ged a tha sinn a' smuaineachadh gu bheil fios againn ciod a tha Dia 'na ghràs a' deanamh, tha mi cinnteach nach 'eil. Cha-n aithnich sinn sinn féin 'nuair a thig sinn do nèamh, agus an uair a dh'éireas sinn o'n uaigh their sinn, "Bha mi'creidsinn ann an aiseirigh nam marbh, ach tha so os ceann nan uile mhiorbhuilean." 'Nuair a bheir ar Tighearn suas sinn do ghloir, cia cho iongantach as a bhitheas e dhuinn! Eadhon ann an so ni e ar cridheachan éigneachadh a bhi 'labhairt mu'n ghloir sin, ach a bhi air snàmh innte, air ar lionadh agus air ar crùnadh leatha—bithidh so da rìreadh do-labhairt. Gun amharus feumaidh sinn cuirp nì's neartinhoire, agus cridheachan nì's comasaiche na tha againn a nis chum an cudthrom beannachaidh a ghiulan.

Cionnus a tha e gu bheil ar n-iongantas a' buanachadh a thaobh oibre Dhé? Freagram, anns a' cheud àit, do bhrìgh gu bheil ar breithneachadh a's àirde mu Dhia teachd gearr air an fhìrinn. Eadhon d'a thaobh-san a ghluais iomadh bliadhna maille ris, mar a rinn Enoch, is beag is aithne dha dheth fathast. Och, a bhrathair, cha-n aithne dhuit àird agus doimhne, fad agus leud fialaidheachd iongantaich Dhé fathast. Tha Dia neo-chrìochnach. Tha sinne mar shlige ro bheag air an tràigh, cha-n urrainn sinn an cuan a chumail, agus uime sin tha an fhairge mhòr nach gabh tomhas a ghnàth 'na cùis-iongantais dhuinn. Bithidh sinu a ghnàth ann an tomhas aineolach, agus mar a tha na nithe neo-aithnichte a' fosgladh ceum air cheum r'ar n-aghaidh ni iad ar lionadh gu h-iomlan le h-iongantas. Os bàrr, tha ar féin-fhiosrachadh de Dhia gle ghearr. Cha-n 'eil ar beatha fathast ach mar leud boise. Eadhon do'ur taobhsa a



tha 'n 'ur seann daoine a chunnaic tri fichead no tri fichead bliadhna 's a deich, ciod a th'annaibh? Chaidh bhur beatha seachad mar phriobadh na sùla : cha nì sam bith e an coimeas ri beatha Dhé. Uime sin feumaidh e bhì fìor gu bheil mòran fathast ri teachd ann an dòigh oibreachaidh Dhé air nach urrainn cnuimhean bochda, bàsmhor mar a tha sinne smuaintean idir a chleachdadh. A thuilleadh air so, tha mi duilich gur éigin a ràdh gu bheil ar creidimh cho lag as nach 'eil sinn a' sealltuinn air son nithe mòra. Cha robh riamh uiread de chreidimh againn ann an Dia as a tha e toilltinn aig ar làmh-aibh. Cha do chreid sinn riamh ann air son tuillidh na dà sgillinn, 'nuair a bu chòir dhuinn creidsinn ann air son uile òir na h-Ophir. Tha e airidh air earbsa gun tomhas mar an cuan, agus cha mhòr gu'n d'earb sinn tuilleadh ris na air son sìleadh na cuinneig. 'Nuair a tha'n Tighearn a' deanamh "gu h-anabarrach os ceann na tha sinn ag iarraidh, no eadhon a' smuaineachadh," tha e 'gar lionadh le h-iongantais. Bithidh e ghnàth mar sin. Eadhon air nèamh bithidh sinn fathast a' liondha le h-iongantais. Agus is ro bheannaichte an nì gu bheil a chùis mar sin. Tha gàirdeachas orm gu bheil Dia a' deanamh "nithe ris nach robh sùil"; oir, do bhrìgh sin, tha ar beatha air a gleidheadh ùrain, milis, ionnus nach 'eil sinn a' goirteachadh air ar deasgainibh. Do'ur taobhsa a shluagh aig nach 'eil Dia, feumaidh bhur beatha bhì dhuibh mar aon-sgeul lom a ghnath; bithidh aon seachdain mar sheachdain eile, agus aon bhliadhna mar bhliadhna eile dhuibh. Bithidh cuid a' sgriobhadh sgeulachdan bréige gu bhì 'mosgladh neònachais agus iongantais dhaoine, ach is cinnteach mise nach 'eil a h-aon diubh a dh'fheudar a choimeas a thaobh iongantais ri féin-fhiosrachadh lathail a' Chrìosdaidh, gu h-àraidh d'an taobh-san a tha gu mòr air an dearbhadh. Bheir fìrinnean barrachd air na breugan ann a bhì 'cur iongantais air daoine. Feudaidh an dream a bhitheas 'gan sgrìobhadh a bhì 'fàsghadh an eanchainn fhad 's as àill leò, ach cha-n urrainn iad sgeulachdan a dhealbhadh a dh'fheudar idir a choimeas riu sin a tha tachairt dhuinn gu gnàthach gach là. Cha-n 'eil sinn a' fàs sgèth de bhì beò, do bhrìgh gu bheil nì-éigin nuadh gach aon mhaduinn ann an maithas an Tighearn; tha taisbeanan as ùr air an toirt r'ar n-aghaidh leis na deuchainnean a bhitheas againn r'an giùlan.

Air a' mhodh so tha e 'meudachadh ar n-eòlais. 'Nuair a tha thusa agus mise a' coinneachadh ri àmhghar as ùr, bu chòir dhuinn tuiteam air ar glùinibh a thoirt buidheachais do Dhia gu

bheil e 'gar n-àrdachadh ceum eile mar dheisciobluibh. Tha àmhgharan naomhaichte 'nan leasachadh inbhe spioradail dhuinn. 'Nuair a leagas e tuilleadh cràidh orm tha mo Thighearn 'gam mheas ionchuidh air mo thoirt a stigh chum aoin d'a sheòmairibh uaigneach. Tha féin-fhiosrachadh a' Chrìosdaidh cosmhuil ri duine air a threòrachadh o'n chuir a muigh dl'ionnsuidh nan seòmaran a stigh gus an ruig e an t-seomar a's uaigniche. Ma dh'fhosglas Dia ceud dorus an eòlais ghràs-mhoir, agus gu'n leig e stigh thu, tha thu ann ad dhuine tèaruainte co luadh 's a théid thu stigh tre chreidimh; ach tha dorus eile ann, agus an uair a théid thu stigh air cha-n e mhain gu bheil thu air do thèarnadh, ach air do dheanamh feumail chum tèarnaidh do mhuinntir eile. Tha dorus eile fathast ann, agus ma nochdas Dia deadh-ghean duit agus gu'n toir e stigh thu do'n t-seòmar uaigneach bithidh tu ann ad dhuine sona, cumhachdach ann an ùrnuigh, agus muinghineach ann an dòchas. Tha dorus eile an leth stigh de'n t-seòmar so, agus ma's urrainn thu toll na h-iuchrach fhaotainn agus an iuchair a chleachdadh, gheibh thu stigh do thalla uaigneach a' chomh-chomuinn bhlàth ri Crìosd. Cha-n 'eil fios agam ciod e cho liuthad seòmair as a tha ann an àit a ghliocais nèamhaidh, aon an leth stigh a dh'aon; ach air so tha fios agam, 'nuair a tha'n Tighearn a' cur roimhe a sheirhhisich a' threòrachadh a stigh do sheòmar ni's uaigniche fathast far am bi iad ni's faisge dha féin, tha e gu gnàthach a' cur deuchainn nuaidh d'au ionnsuidh, chum an dearbhadh agus a dheanamh aithnichte am bheil iad comasach air frithealadh as ùr de thaisbeanadh a ghràidh a ghiùlan. Deanaibh an Tighearn a bheannachadh air son dheuchainnean, oir tha iad 'nan dearbhadh air a dhilseachd, agus 'ga cheangal ni's ro mhò r'ar cridheachaibh. Cha treòraich e sinn gu bràth dh'ionnsuidh nan imcheistean gun mheadhon an fhuasglaidh a chur 'nar làimh. 'Nuair a tha deuchainnean a' fàs ann an làimh Dhé, tha sin a' ciallachadh gu bheil gràs a' fàs: bha thu uair-éigin anns a' bhàta bheag a' tumadh nan ràmh anns an t-sruthan thana; ach air do bhliadhnaichean dol seachad chaidh do chur anns a' bhàta mhòr, a chleachdadh nan ràmh ri neart na h-aimhne, ged nach fheudadh tu sealladh a chall de'n chladach; ach a nis rínn an Tighearn do chur ann an long àrd nan crann a ghabhail do thriall ri tràigh na mara; gidheadh fathast is éigin duit an tràigh 'fhagail agus tonnan na fairge mòire a ghabhail fodhad, gus an cur thu cuairt air a' chruinne. Mar a tha thu ceum air cheum a' fàs eòlach air na h-uisgeach-

aibh buain, dùisgidh e na stoirmean garbha 'na d'aodann, ionnus gu faic thu tuilleadh a dh'oire an Tighearna agus a' mhiorbhuilean anns an doimhne.

Tha tròcairean ris nach robh suil ullamh air ar buidheachas a mhosgladh. Nach d'fhuaireadh sinn gu tric a' gabhail iongantais ri maitheas an Tighearna? "Beannaichte gu robh an Tighearn," bha sinn ag ràdh, "cha do smuainich mi air a shamhuil so de ghràdh. Tha an dòigh so òirdheire air an d'rinneadh m'ìmcheistean fhuasgladh, ach is dòigh e nach b'urraim mi gu bràth 'fhaicinn roimh-làimh. Tha mi aoibhneach gu'n d'thugadh gu teanndachdan mi chum gu faicinn cionnus a dheanadh an Tighearn bealach m' fhuasglaidh 'fhosgladh." Tha mi ionann as a miannachadh gu'n robh mi maille ri Sadrach, Mesach, agus Abednego, anns an àmhuinn theinntich dhian-loisgich. Bu mhòr an ni comas imeachd 'fhaotainn gun dochann am measg nan éibhlean lasrach ud, agus a theachd a mach, agus a bli comasach air a ràdh a thaobh ar n-eudaich uile, d'ar cloinn agus do chloinn ar cloinne, "Chaidh iad so troimh an teine. Faic an còta agus an ceann-eudach a bha umam anns na lasraichibh, cha-n 'eil fàile an téine dhiubh." B'fhiù iad so 'fhagail aig cloinn bhur cloinne, chum a bli 'nochdadh ciod a rinn an Tighearn. Is urrainn cuid dhinn so a dheanamh air mhodh spioradail, oir tha iomadh cuimhreachan buidheachais taisgte suas ann ar cridheachaibh.

Tha Dia gu mòr air a ghlòrachadh 'na shluagh 'nuair a tha e coimhlionadh nithe ris nach robh suil aca. Tha iongantas air an coimhearsnaich. 'Nuair a ni iad a' chùis a chur an céill tha eadhon mi-chreidich làn iongantais, agus tha coigrich air an toirt gu bhì 'g ràdh, "Tha an Tighearn maith d'a phobull, agus mairidh a thròcar gu bràth."

A chàirdean ionmhuinn, tha fios agam gu bheil cuid 'n 'ur measg a's urrainn innseadh gu'n d'rinn làthaireachd Dhé nithe oibreachadh air bhur son ris nach robh suil agaibh, agus is urrainn mi féin fianuis a dheanamh maille ribh. Ma fhuair sibh nithe comharaichte a dheanamh dhuibh bithibh cinnteach an cur an céill do mhuinntir eile. Theagamh gu bheil cuimhne agaibh gu'n do shearmonaich mi ceithir-là-deug roimh so, air maduinn na Sàbaid, air féin-rhiosrachadh mòr Phòil, agus thubhairt mi gu'n robh féin-fhiosrachadh nan naomh 'na ionmhas a dh'earbadh riu chum buannachd mhuinntir eile. Bha bràthair gràdhach agus air am bheil deadh aithne a làthair air a mhaduinn sin,—tha mi ciallachadh Mhr. Haslam, minis-

teir de'n Eaglais Shasunnaich,—agus bha e cho réidh ris a' bheachd a chur mi 'n céill as gu'n d'rinn e féin a coimhionadh le leabhar a chur thugam anns an d'rinn e eachdraidh a' cheud fhichead bliadhna d'a mhinistreibeachd a sgrìobhadh. Bha toil-inntinn mhòr agam ann an leughadh na h-eachdraidh sin, agus chum a bhi 'toirt cleachdaidh do'n bheachd cheudna, bheir mi nise iomradh dhuibh gu h-aithghearr air iompachadh Mhr. Haslam, mar eisimpleir air "nithe ris nach robh suil." Chuala sibh mu Bhilli Bràth am inéinncadair a mhuinntir Chornuall, a bha cho cumhachdach ann an ùrnuigh. Bha cnoc àraidh air an robh Billi gu gnàthach a' gabhail seachad, air son an d'rinn e ùrnuigh le uile chridhe, gus an do chreid e gu'n d'thug Athair nèamhaidh an cnoc dha, ionnus gu'm bitheadh gach anam a bha chòmhnuidh air air an tèarnadh. Chaidh e chum nan tighean uile, agus fhuair e beannachadh air son an luchd-àiteachaidh, ach do bhrìgh nach robh ach trì tighean air a chnoc rinn e ùrnuigh na dhòigh aon-fhillte féin gu'm bitheadh tuilleadh air an cur suas. Bha coltach neònach air an ùrnuigh, agus cha do mheas na coimhearsnaich na h-ùrnuigh ghlic i, ach gidheadh fhuair i coimhionadh. Beagan ùine 'na dhéigh sin, 'nuair a thàinig e ris dh'ionnsuidh an àite, chunnaic e gu'n d'rinn Mr. Haslam eaglais agus tighean-sgoile a thogail air a chnoc, agus bha aoibhneas Bhilli ro mhòr gus an deachaidh e stigh do'n eaglais. 'Nuair a chaidh e stigh, agus a chunnaic e an luchd-seinn ann an culaidhibh fada, geala, agus an t-seirbhis dheas-ghnatbach a bha air a coimhionadh, thuit gnùis Bhilli fo sprochd, ag ràdh nach robh a bheag ann ach an "seann Phapanachd." Chaidh Billi dhachaidh agus chaidh e dh'ùrnuigh as ùr air son a' chnuic, gednach robh fios aca-san idir air son an robh e 'g ùrnuigh air a chùis. Cha b'fhada gus an d'éisid an Tighearn ri ùrnuighean a sheirbhisich, agus tharladh gu'n d'fhiosraich an Tighearn Mr. Haslam. Dh'fhàs an gàradair aige tinn, agus ri àm a thinneis mhothaich e nach tugadh an creidimh de'n robh e á bheag de chomhfhurtachd dha; thàinig bràthair de na *Methodists* far an robh e agus bha e 'na mheadhon air 'iompachadh. 'Nuair a dh'innis an duine do Mhr. Haslam gu'u d'iompaicheadh e chuir an naighcachd mòran doilgheis air; mhothaich e nach b'urrainn e luchd-eaglais a dheanamh de dhaoine Chornuall gu bràth; cha robh annta ach na dearg chealgairean. Bha am fear-eaglais a bu ghealltanaich a bha aige an déigh an caglais fbagail, agus tuilleadh na sin bha e 'g ùrnuigh gu'n tigeadh a mhaighstir gu

bhi 'ga fagail mar an ceudna. Ciod a nis a bha r'a dheanamh ? Bha gnothuch aig Mr. Haslam a dh'fhaicinn Mhr. Aitein, agus dh'innis e dha mu'n chlaonadh mhuladach a rinn an gàradair aige. "Och, a dhuine," deir Mr. Aitein, "cha deachaidh tu féin riamh iompachadh; tha mi cinnteach ann, air neo cha tigeadh tu an so a ghearain air do ghàradair." Chaidh saigh-ead ann an cridhe Mhr. Haslam, dh'fhalbh a dhòchasan, agus 'na dhubhachas dh'iarr e an Tighearn. Deir Mr. Aitein ris, "Is e a chuid a's fhearr a dh'fhicudas tu a dheanamh d'eaglais a dhùnadh suas, agus innis do d'shlugh nach searmonaich thu gu bràth tuilleadh gus am bi thu air d'iompachadh." Cha b'urrainn e sin a dheanamh, ach air maduinn na Sàbaid dh'fhalbh e, tinn agus dubhach, a leughadh nan ùrnuighean, agus a' cur roimhe an slugh a chur dhachaidh 'nuair a bhith-eadh sin deanta. An àite sin thuit a shùil air an fhocal, "Ciod i blur barail-sa timchioll Chrìosd?" agus smuainich e gu'n deanadh e beagan fhocalan a labhairt air a cheisd sin ma's sgaoileadh e an coimhthional. A thaobh na cuid eile a thachair bheir mi seachad e 'na chainnt féin, air eagal gu feudt-adh a mheas gu'n robh mo chainnt-sa a leasachadh na cùis. "Mar a chaidh mi air m'aghaidh," deir e, "a mhineachadh na ceisde so, thug mi faincar nach d'aithnich na Phairisich no na sgriobhaichean gu'm b'e Crìosd Mac Dhé, no gu'n d'fhàinig e chum an tèarnadh. Bha iad a' sealltuinn air son rìgh, mac Dhaibhidh, a rioghaicheadh os an ceann mar a bha iad. Bha rud-éigin ag innseadh dhomh, mar a bha mi 'dol air m'aghaidh, 'Cha-n fhearr thu féin na na Phairisich—cha-n 'eil thu 'treidsinn gur e Crìosd Mac Dhé, no gu'n d'fhàinig e chum do thèarnadh, ni's mò na bha iadsan.' Cha-n 'eil cuimhne agam air na h-uile ni a thubhairt mi, ach mhothaich mi solus agus aoibhneas iongantach a' teachd a stigh do m'anam, agus thòisich mi rì bhi faicinn an ni nach fhaca na Phairisich. Cha-n 'eil fios agam an è ni-éigin 'nam bhriathraibh, no 'nam dhòigh, no 'nam choltach, a b'aobhar dha; ach gu h-obann dh'éirich duine anns a' choimhthional, a bha 'na shearmonaiche e féin, agus air togail suas a làmban da, ghlaodh e, 'Tha am ministear air iompachadh! tha am ministear air iompachadh! Halleluiah!' agus ann an tiotadh cha chluinnteadh tuilleadh a ghuth le glaothaich agus moladh thri no cheithir a cheudan de'n choimhthional. An àite dhomh a' ghleadhraich neo-ghnàthach so a chronachadh mar a dheanainn roimh, 's ann a thog mi mo ghuth maille riu anns an àrd-mholadh; agus

chum a' chùis a dheanamh ni 's ro mhò a réir orduigh, thug mi mach laoidh, agus sheinn an sluagh le'n uile chridhe thairis agus thairis a rìs. 'Nuair a thàinig traoghadh air a' chùis, thug mi fainear gu'n robh co dhiubh fichead pearsa a' glaodhaich air son tròcair, aig nach robh an guthan air an cluinntinn anns a ghluasad agus ann am fuaim a' bhuidheachais. Dh'aidich iad uile gu'n d'fhuair iad sìth agus aoibhneas ann an creidsinn. Am measg na muinntir so bha triuir as mo thigh féin ; agus phill sinn dhachaidh a' toirt molaidh do Dhia."

Ann an so tha eisempleir comharaichte na firinne sin gu bheil Dia a' coimhlionadh nithe ris nach robh sùil 'nuair a thig e nuas am measg a phobuill. Feudaidh sinne dòchas a bhi againn gu'n dean an Spiorad Naomh fathast a chumhachd 'fhoillseachadh, eadhon air an dream ris an lugha a bha sùil, chum glòire a ghràis. Is urrainn e an dream a's reasgaiclie a thèarnadh, agus naimhdean folaiseach a thoirt dh'ionnsuidh chosan Iosa. Tagramaid ris gu'n deanadh e sin.

III. Anns an treas àit, **THA LATHAIREACHD DHÉ A' SGAOILEADH NAN IMCHEIST.** Thugaibh fainear ar bonn-teagasg a rìs ; theagamh gu bheil sibh a' tòiseachadh r'a dhi-chuimhneachadh. " 'Nuair a rinn thu nithe iongantach ris nach robh sùil, thàinig thu nuas, ann ad làthair shruth na sléibhtean sìos." Is beannaichte am focal so, " Ann ad làthair shruth na sléibhtean sìos." Bha naimhdean aig Israel a bha ro chumhachdach, bha cinnich agus rìghrean ag éirigh os an ceann mar shléibhtibh mòra, ach air do Dhia teachd chum an cuideachadh sgaoileadh na rioghachdan as a chéile, bha an sluagh air an claidheadh, agus leagadh na sléibhtean sìos. Aig an àm a tha làthair tha mearachdan mòra ag éirigh an aghaidh soisgeil Iosa Criosd : cha-n 'eil aobhar dhomh a bhi 'gan ainmeachadh, oir tha iad f'ar combair, ag éirigh mar gu'm b'ann mar shléibhtibh mòra thairis air ar creidimh. Beannaichte gu robh Dia, cha-n 'eil feum aig an eaglais ach a mhain air làthaireachd Dhé 'na measg, agus sruthaidh na mearachdan uile sìos aig a chosaibh mar shléibhtibh deighe ann an gathaibh na gréinc. Theagamh gu faca cuid dhìbh beinn' theine le sruthaibh leaghta sìos r'a taobh, agus ma chunnaic bha samhladh ar bonn-teagaisg agaibh f'a chomhair bhur sùl. Cha-n 'eil aig Dia ach beantuinn riu agus sruthaidh na sléibhtean sìos as an t-sealladh. Is amhuil a bhithas a thaobh an Dia-àicheadh agus an saobh-chreidimh, agus gach cruth mearachdach eile. Ma ni an Spiorad Naomh an eaglais a sgeadachadh le cumhachd le a làthaireachd, cha

seas cumhachdan na h-aingidheachd r'a h-aghaidh ré aon ùair, ni teine na flrinne diadhaidh agus na beatha nèamhaidh an sgaoileadh gu h-iomlan as a chéile. Tha mòran chridheachan ann a tha cruaidh mar a' chreig ailbhinn: feudar ùrnuigh a dheanamh air an son, feudar labhairt riu agus searmonachadh dhoibh, ach tha an t-iomlan gu diomhain. Is e a tha dhìth oirnn làthaireachd Dhé, agus an sin tionndaidhear na cridheachan cloiche gu feòil, mothaichidh anama marbha gluasad na beatha spioradail, agus tha truaillidheachd air a claidheadh le cumhachd na h-aiseirigh. Na bitheadh eagal ort, a bhràthair. Cha-n urrainn cridhe sam bith seasamh roimh ghràs Dé 'nuair a thig e 'na uile chumhachd. Na caill do dhòchas a thaobh do mhic neo-mheasarra: buanaich ann an ùrnuigh, agus thig e fathast maille riut do thigh Dhé, agus seinnidh sibh le chéile cliùthan a' ghràidh shiorruidh. Na caill do dhòchas a thaobh neach sam bith fhada as a tha cridhe annad gu tagradh.

Annainn féin mar an ceudna feudaidh sinn sléibhtean imcheisteach fhaicinn, ach ma théid sinn dh'ionnsuidh Chrìosd, agus le sin cuideachadh Dhé fhaotainn, teichidh gach sliabh agus beinn as an t-sealladh. Cha-n 'eil ni sam bith annaibh, cha-n 'eil ni sam bith ma 'ur timchioll, cha-n 'eil ni sam bith air thalamh, no an ifrinn, a's urrainn seasamh 'n 'ur n-aghaidh ma tha Dia leibh, agus tha Dia leibh 'nuair a tha bhur n-earbsa ann an Iosa Crìosd. Eadar so agus glòir shiorruidh nèimh cha-n 'eil ni sam bith a's urrainn gu bràth seasamh 'n 'ur n-aghaidh ma chuireas sibh bhur dòchas ann an Iosa. Cha soirbhich inneal sam bith a dhealbhar 'n 'ur n-aghaidh, agus gach teagadh a dh'éireas ribh 'am breitheanas dìtidh sibh.

IV. Anns an àite mu dheireadh, FEUDAIDH SINN SUIL A BHI AGAINN RIS NA TORAIIDHEAN CEUDNA O'N LATHAIREACHD DHIADHAIDH AN DIUGH, agus am màireach, agus am feadh a tha sinn beò. Tha Dia an ni ceudna. "Nach tusa a ghearr Rahab, agus a lot an dràgon?" Is e'n Tighearn buadhach ceudna e. Feudaidh na ginealaichean claonadh, ach cha do chlaon Dia. Na bi ag ràdh gu'n do chaill an fhìrinn a cumhachd. Bha a cumhachd a' luidh riamh ann an Dia, agus tha Dia uile-chumhachdach fathast. Is urrainn e miorbhuilean oibreachadh an diugh ma's e sin a thoil: agus b'urrainn e cuan America fhosgladh o chéile mar a rinn e air uisgeachaibh na Mara Ruaidhe. "Do Dhia *tha* na h-uile nithe comasach," cha-n e "bha," ach "*tha*" fathast.

A thaobh iongantasan spioradail, bithidh muinntir a' smuain-

eachadh gu'n robh là Cuingis maille ruinn aon àir, ach nach urrainn e pilleadh tuilleadh; ach cha robh ann an là na Cuingis ach féill nan ceud thoradh, agus tha an ceud thoradh ag innseadh gu bheil am fogharadh am fagus. Ni Dia nithe nì's ro mhò anns na laithibh deireannach na rinn e ann an Ierusalem air là na cuingis. Tha e 'g ràdh ruinne, "Fosgail do bheul gu farsuinn, agus lionaidh mise e." Cha-n 'eil sinn a' creidsinn ann. "Ma thig Mac an duine, am faigh e creidimh air an talamh?" Tha tomhas cho beag ann dheth as nach faiceadh sùil e ach sùilean an Ti sin aig am bheil iad mar lasair theine. Gidheadh, tha mi 'g ràdh, tha Dia an ni ceudna, agus cho airidh air ar muinghin. Agus, a bhraithre, tha sinne an ni ceudna. "Cha-n 'eil," tha thu 'g ràdh, "cha-n 'eil sinn cho maith ruisan a bha ann anns an aimsir o shean." Freagraim gu'n robh iad 'nan daoine aig an robh anmhuinneachdan agus coimh-aighe ruinne. Cha robh an tomhas a bu lugha de mhaith anns na h-abstoil, no anns na martaraich ach sin a chur Dia annta. Tha aon shoitheach creadha de'n aon chriadh ri soitheach eile, agus feudaidh an t-aon Dia an t-aon ionmhas a chur ann an aon as a chuireas e ann an aon eile. Is urrainn e thusa agus mise a bheannachadh mar a bheannaich e Peadar, agus Seumas, agus Eoin. Tha nàdur na daonnachd 'na nàdur na daonnachd fathast, an dà chuid 'na ìslcachadh agus anns na tha e comasach dha a bhi. Is urrainn Dia uiread a dheanamh dhìot-sa, a pheathar ionmhuinn, as a rinn e riamh de Dhorcas, no Mhuire, no Lidia; agus is urrainn e uiread a dheanamh dhìot-sa, a bhràthair, as a rinn e riamh de'n mhuinntir urramaich a bha ann o chéin, ma ni thusa do dhòchas a chur ann. B'urraim an gàirdean lag so mìle duine a mharbhadh, no geatachan Ghasa a thogail a nios, no leòmhnan a chasgradh, no teampull a leagadh air na Philistich, nam bu toil le Dia a gnàthachadh mar a ghnàthaich e gàirdean Shamsoin. Buinidh do Dhia roghainn a dheanamh d'a innealaibh féin, agus is urrainn e inneal sam bith a dheanamh freagarach air son fheuma ma's e sin a thoil.

A bhraithre, tha na geallaidhean an ni ceudna. "O," deir neach, "cionnus a tha sin? Nach 'eil cuid dhuibh air dol seachadh?" Cha-n 'eil; tha an coimhcheangal air a dheanamh suas de gheallaidhean maireannach, freagarrach air son gach uile linn, agus tha iad uile 'nan seadh agus 'nan amen ann an Iosa Crìosd. Tha tròcairean cinnteach Dhaibhidh againn: tha iad seasmhach, buan gu saoghal nan saoghal.

Thugaibh an aire, tha nithe fathast r'a dheanamh le Dia a chuireas iongantais oirnn thar tomhas. Bithidh sinn air ar binn féin air son ar smuaintean dubhach, trom; oir theagamh mu'n faic cuid againn bàs gu faic sinn nithe a's mò na chunnaic ar n-aithrichean, ionnus gu'm bi sinn a' bualadh nam bas le h-aoibhneas. Bitheadh an caibideil an déigh ar bonn-teagaisg air a leughadh, agus faic ciod a tha Dia 'dol a dheanamh. "Dh'fhoillsicheadh mi dhoibh-san nach robh 'g am fharraid; fhuaradh mi leosan nach robh 'g am iarraidh; thubhairt mi, Feuch mi, fench mi, ri cinneach nach robh air ainmeachadh orn." Tha cinnich gu bhli air an tèarnadh, bithidh tìrean céin gu h-aithghearr air an gairm. Feithibh air a shon, oibrichibh air a shon, deanaibh ùrnuigh air a shon. Tha Israel mar an ceudna r'a chruinneachadh,—“Bheir mi mach sliochd o Iacob, agus o Iudah sealbhadair mo shléibhteann; agus sealbhaichidh mo mhuintir thaghta am fearann, agus gabhaidh m'òglaich tàmh ann.” O an uair bheannaichte, 'nuair a ni an t-Iudhach aoradh do'n Chrìosd a rinn e cheusadh! Cha-n e sin uile. Tha cruthachadh nuadh ri teachd fathast; cò aig am bheil fios ciod e cho luadh? “Oir feuch, cruthaicheam nèamhan nuadha agus talamh nuadh; agus cha chuimhnichear iad sin a bh'ann roimhe, agus cha tig iad ann an aire an duine. Ach deanaibhse gàirdeachas, agus bithibh aoibhneach gu cian nan cian, air son an ni a chruthaicheam; oir, feuch, cruthaicheam Ierusalem 'na cùis-aoibhneis, agus a sluagh 'nan cùis-ghàirdeachais.” Thig àm anns am bi beatha dhaoine, a rinneadh gearr an déigh an tuil, air a sìncadh a ris. “Cha bhi as a sin suas naoidhean gearr-shaoghalach, no seann duine nach do choimhlion a làithean; oir bàsaichidh an naoidhean an uair a ruigeas e ceud bliadhna dh'aois. . . . Mar làithean craoibhe bithidh làithean mo shluagh-sa; agus meallaidh mo mhuintir thaghta ré ùin' fhada obair an làmhan féin.” Seadh, agus tha àm sìthe coitchionn r'a theachd. “Ni am madadh-alluidh agus an t-uan ionaltradh le 'chéile; agus ithidh an leòmhan counlach mar an damh; ach 's e an duslach a's biadh do'n nathair. Cha dochainu agus cha mhill iad ann mo shliabh naomhsa uile, deir an Tighearn.” Gu deimlin, deimhin, deiream ribh, tha am bonn-teagasg so fìor. 'Nuair a ni Dia nithe iongantach ris nach robh suil, thig e nuas 'nar measg, agus sruthaidh na sléibhteann sìos 'na làthair. Amen agus amen.

